sgadadh, -aidh, *s.m.* Scissure.

sgadan, -ain, *s.m.* Herring—*Clupea harengus*.

s. bleac, pale or shotten herring.

s. blia, see s. bleac.

s. garbh, large herring, "alewife."

s. gearr, sprat.

s. goile, gut-pock herring.

s. mhòrlannach, pilchard, see seirdean.

s. alieach, pilchard.

sgadanach, -aiche, *a.* Abounding in herrings. 2 Like a herring.

sgadarlach, -aich, *s.m.* Set of low persons. 2* Anything scattered. [*sgadartach—†*]

sgaf, ** Gaelic form of *skiff*. Cock-boat.

sgafair, -ean, *s.m.* Courageous, stout or brave man. 2 Handsome man. 3 Scolding man. 4††Bold hearted man.

sgafal, ** Gaelic form of *scaffold*.

sgafald, ** -aidh, Gaelic form of *scaffold*.

sgafaldaich, *a.* Scaffolded, having scaffolds.

sgafaldaich, *v. a.* Erect scaffolds.

sgafall, ** -ail, *s.m.* Gaelic form of *scaffold*. 2

Booth, hut, shop.

—ach, ** *a.* Scaffolded, full of scaffolds.

—achadh, ** -aidh, *s.m.* Act of erecting a scaffold.

—achd, ** *s.f.* Scaffolding.

—aich, ** *v. a.* Erect a scaffold.

sgafalt, ** Gaelic form of *scaffold*.

sgafanta, -ainte, see *sgafarra*

—chd, see *sgafarrachd*.

—s, ** -ais, *s.m.* Boldness. 2 State of being in good spirits.

sgafarra, -airre, *a.* Spirited, manly, brave. 2 Handsome. 3**Hearty. 4**Active, alert. 5**Vehement in speech. 5**Venomous in scolding. 7**Emphatically speaking. 8** In good spirits.

—chd, *s.f. ind.* Manliness. 2 Spiritedness. 3 Handsomeness. 4**Vehemence of speech. 5**Quality of scolding keenly.

sgafart, * *s.f.* Scolding female.

sgag, *pr. pt. a'* *sgagadh, v. a. & n.* Split, cause to split or crack, as from heat. 2 Crack, shrink.

3**Chap. 4 Filter, strain. 5 Winnow. 6

Become lean or starved. 7 Burst. 8 Cleanse.

9* Chop.

—ach, -aiche, *a.* Full of splits, chinks or cracks. 2 Full of chaps. 3 Apt to split or crack, as the surface of anything. 4 Causing to split or crack. 5* Chinked, cracked. 6

Filtering, straining. 7 Winnowing. 8 Lean, emaciated. 9**Cleansing. *Teas s. samhraidh,*

the cracking heat of summer.

sgagadh, -aidh, *s.m.* Act of splitting or cracking. 2 State of cracking, chinking or bursting. 3 Act of filtering or straining. 4 Act of winnowing. 5 State of becoming lean or emaciated. 6 Split, as on the surface of anything, chink, cranny or crack. 7**Cleansing.

8**Filtering. 9**Filter. 10**Winnow. *A'*

s—, pr. pt. of *sgag*.

sgagaid, -e, -ean, *s.f.* Split, crack, as on the surface of deal, cleft, fissure.

—each, -eiche, *a.* Abounding in splits, cracks, clefts or fissures. 2 Causing splits, cracks or clefts.

sgagaidh, (DMY) *a.* Insuper. *Iasg s., a tasteless fish—one neither fresh nor stale.*

sgagaidh, *fut. aff. a.* of *sgag*. Shall split, &c.

sgagair, * *s.m.* Poltroon, coward, one that chinks at appearance of danger.

—eachd, * *s.f. ind.* Cowardice, unfounded fear.

sgagait, ** see *sgagaid*. [*s.m.***]

—e, ** *a.* Split, cracked, burst. 2 Cleanse. 3 Filtered. 4 Winnowed.

sgagaitach, see *sgagaidach*.

sgagta, *past pt.* of *sgag*. Split, cracked. 2 Filtered, strained. 3 Winnowed. 4 Become lean or emaciated.

sgaifean, -ein, -an, see *sgaipean*.

—ach, -aiche, *a.* see *sgaifeanach*.

—achd, see *sgaifeanachd*.

†sgaifr, ** *s.f.* Stern of a ship.

sgaift, * *v.n.* Burst through eating too much.

—, * *s.f.* Notorious belyful.

sgaighnean, ** -ein, *s.m.* Hand-winnow, winnowing-fan.

sgaigte, see *sgagta*.

sgail, -e & -each, *pl. -ean & -eachan, s.f.* Shade, shadow. 2 Veil, curtain, covering, mask. 3

Example, pattern. 4 Ghost, spectre. 5 Presence. 6 Bower. *Fo s. do sgeithe, under the shadow of thy wing; an sgaileachan, their cur-*

tains; s. a' bháis, *the shadow of death*.
 —, *pr. pt. a'* sgáileadh, *v. a.* Shade, overshadow, darken, cover, as with a cloud. 2*Sprinkle. 3**Eclipse. 3* Approach. Cha s. seo air, *this will not come near the thing*; cha déan e s. air, *it will not go near it*.
 tsgail, -e, *s. f.* Splendour, brightness. 2 Flash. flame.
 sgáil-bhothan, -ain, -an, *s. m.* Arbour.
 sgáil-bréige, -ean-, *s. f.* Mask, visor.
 sgáilc, -e, -ean, *s. f.* Smart knock or blow. 2 Sound of a blow, report of a shot. 3 Good full draught of any liquid. 4 Bumper of any spirituous liquor taken before breakfast, dram, "morning," see under *friochd*. 5 Baldness of the head. 6 Pate—*Dain I. Ghobha*. 7** Loud momentary noise, smart report. Tarring s. air, *give him a smart blow*.
 sgáilc, * *v. a.* Pelt. 2 Beat in a masterly manner.
 sgáilceach, -eiche, *a.* Bald 2 Giving smart blows. 3 Making a loud and sudden report. 4 Drinking full draughts or bumpers.
 —, *s. f. ind.* Sleekness, smoothness.
 sgáilceag, -eig, -an, *s. f. dim.* of sgáilc. Slight knock. 2 Low sudden sound. 3 Small bumper or draught.
 sgáilceanta, -einte, *a.* Giving smart blows. 2 Making a loud and sudden report. 3 Smart, active. 4 Passionate. 5†† Elastic. 6** Explosive.
 —, -chd, *s. f. ind.* Smartness, agility. 2 Passionateness. 3†† Elasticity
 sgáilcear, ** -ean, *s. m.* Bald-headed man. [sgáilcear-]*
 sgáilcearra, *a.* see sgáilceanta.
 —, -chd, see sgáilceantachd.
 sgáilc-mhullaich, * *s. f.* Dandruff.
 sgáilc-sheide, *s. f.* Dram taken in bed before rising in the morning—*Sar-Obair*.
 sgáile, -ach, *pl.* -an & -achan, *s. m.* see sgáil.
 sgáile ** *s. f.* Printing type.
 sgáileach, -eiche, *a.* Shadowy. 2 Affording a shade, shading. 3 Veiled, covered. 4 Ghost-like, unsubstantial, spectral. 5†† Full of ghosts. 6** Masked.
 sgáileach, * -eich, *s. m.* Veil, curtain.
 —, -adh, -aidh, see sgáileadh.
 —, -ail, (MS) *a.* Subtile.
 sgáileachd, *s. f. ind.* Shadiness, darkness. 2 State of being veiled or masked. 3* Sprinkling.
 sgáileadair, -ean, *s. m.* Any object that shades, masker, shader. 2 Masquerader.
 sgáileadairéachd, †† *s. f.* Shading.
 sgáileadan, -ain, -an, *s. m.* Bower.
 sgáileadh, -eadh, *s. m.* Covering, act of covering, shading or obscuring. 2* Sprinkling. 3 Shading, shadowing, veiling, masking. 4 (MS) Air. A' s—, *pr. pt. of* sgáil. An s. a' lugha, *the least sprinkling or shade*; neul 'ga s., *a cloud veiling it*.
 sgáileag, -eig, -an, *s. f. dim.* of sgáil. Little shade or shadow. 2 Thin shade, veil. 3 Parasol, umbrella. 4 Arbour. 5 Cottage, booth. 6 Awning. 7** Fan 8** Little dish. 9** Plate. 10 (CR) Passing shower—*W. of Ross-shire*.
 —, -an, -ain, -an, *s. m.* Fan. 2†† Umbrella.
 sgáilean, -ein, *s. m.* Same meanings as sgáileag.
 —, -ach, -aiche, *a.* Shady, veiling, like a shade or veil. 2 Like an umbrella, or parasol. 3 Full of arbours. 4 Like an arbour. 5 Abounding in cottages or booths. 6 Like a cottage or booth. 7** Filmy. 8†† Full of fans. 9** Like a fan. 10†† Full of umbrellas or shades.
 —, -achd, ** *s. f.* Shadiness. 2 Shadowiness. 3 Filminess.
 sgáileanta, -einte, *a.* Vain.

sgáilean-uisge, *s. m.* Umbrella
 sgáilear, -eir, -an, see sgáileadair.
 sgáile-bhothan, ** *s. m.* Arbour.
 sgáile-gréine, *s. f.* Sunshade, parasol.
 sgáilich, *v.* see sgáil.
 —, -te, *past pt. of* sgáilich. Veiled, masked, shaded, covered, obscured.
 sgáil-ionad, -aid, -an, *s. m.* Bower.
 sgáil, (DU) *s.* Bald patch.
 sgáilleag, -eig, -an, *s. f.* Smart blow, slap. 2 Quick and loud sound. 3* Smart slap on the cheek. 4** Slap with the palm of the hand.
 sgáilleagach, -aiche, *a.* Giving smart slaps or blows. 2 Making a loud and sudden sound, 3** Striking with the palm of the hand, slapping
 sgáilleas, -eis, *s. m.* Disdain.
 —, -ach, -aiche, *a.* Disdainful. Gu s., *disdainfully*.
 —, -achd, ** *s. f.* Disdainfulness.
 tsgailp, ** -ean, *s. f.* Den, cave.
 —, -each, ** *a.* Abounding in dens or caves.
 sgáilt, *v.* see sgald.
 —, -e, *past pt.* Scalded.
 —, -each, ** *a.* Scalding.
 —, -ean, see sgoiltean.
 sgáillteil, ** *a.* Cald.
 sgáil-thaigh, *s. m.* Porch, grotto.
 sgáil-uisge, *s. f.* Umbrella
 sgáin, *pr. pt. a'* sgáineadh, *v. a. & n.* Burst, burst asunder, cleave, rive, rend. 2 Cause to burst or rend asunder. S, e, *it burst asunder*.
 sgáin, * *s.* Complete bellyful, surfeit.
 sgáindear, ** -eir, *s. m.* Division, dissension.
 sgáine, *s. m.* see sgáineadh.
 sgáineach, -eiche, see sgáinteach. 2†† Rending.
 sgáineadh, -idh, *s. m.* Bursting, act of bursting or causing to burst. 2 State of bursting or bursting asunder. 3 Rending, act or state of rending asunder. 4 Rent, cleft. 5 Splitting, cleaving. 6 Burst, split. 7** Sally, attack. 8** Flaw. 9 Laceration. A' s—, *pr. pt. of* sgáin.
 sgáineadh, *3rd. per. sing. & pl. imp. of* sgáin. S, e, *let it burst*.
 sgáinne, -an, *s. m.* see sgáineadh.
 sgáinne, ** *s. f.* Sudden irruption or sally. 2 Attack. 3 Flaw.
 sgáinneal, -eil, -an, *s. m.* Scandal, reproach, calumny. 2 Slander, false reproach. 3 Disgrace, matter or cause of reproach. Thog thu oirn s., *thou hast calumniated us*.
 —, -ach, -aiche, *a.* Calumnious, raising calumnies or false reproaches. 2 Disgraceful, shameful, reproachful, slanderous.
 —, -achadh, -aidh, *s. m.* Calumniating, act of calumniating or raising scandal against one, slandering, reproaching. A' s—, *pr. pt. of* sgáinnealach.
 —, -achd, ** *s. f.* Abusiveness.
 sgáinnealach, *pr. pt. a'* sgáinnealachadh, *v. a.* Slander, caluminate, raise false reproaches against one, scandalize, reproach.
 —, -te, *past pt. of* sgáinnealach. Calumniated, accused of anything scandalous, scandalized, reproached.
 sgáinnearach, -aiche, *a.* Scattering, dispersing. 2 Having faults or blemishes. 3** Scaring, persecuting. 4 see sgáinnir.
 —, -d, *s. f.* Abusiveness.
 sgáinnearachd, -aidh, *s. m.* Scattering, act of scattering or dispersing. 2 Scaring. 3 Persecuting, persecution. 4** Sudden dispersion. A' s—, *pr. pt. of* sgáinnir.
 sgáinneart, -eirt, -an, *s. f.* Dispersion, scattering. 2 Contest, egagament. 3** Swing. 4 Persecution. 5 Trial of strength. Faiceamaid

s. plan, let us see a fair trial of streng'h.
 sgainneartach, -aiche, *a.* Scattering, dispersing.
 2 Contending, struggling. 3**Persecuting. 4
 **Powerful.
 sgainnir, *v.a. & n.* Scatter, disperse. 2*Stroll.
 3**Persecute. 4(MS) Abuse. S. sibh iad,
you dispersed them.
 sgainnir, -e, -ean, *s.f.* Blemish, fault. 2 Scatter-
 ing, dispersion. 3(MS) Shame. 4 Persecu-
 tion. 5(MS) Prate. 6 see sgainneal.
 —each, -eiche, see sgainnearach.
 —ich, *v.a.* Vilify, abuse.
 —te, *past pt.* of sgainnir. Scattered, dis-
 persed.
 sgainnteach, -ich, -ichean, *s.f.* Corroding pain.
 2 Pain occasioned by excessive fatigue, as in
 walking. 3* Rheumatism.
 —ail, * *a.* Rheumatic.
 sgainte, *past pt.* of sgain. Burst, burst asunder.
 2 Rent, rent asunder. S. o chéile, *burst asun-
 der.*
 —ach, -eiche, *a.* Causing to burst, rend or
 split. 2 Apt to burst, rend or split. 3
 Chinky. 4 Bursting, splitting, cleaving, tear-
 ing asunder, riving.
 sgaipe, see sgap.
 —can, -ein, -an, *s.m.* Dwarf, niny, term of
 personal contempt.
 —canach, -aiche, *a.* Dwarfish, ninyish.
 —canachd, *s.f.* Dwarfishness, ninyism, futil-
 ity, trifling talk.
 sgaipie, *past pt.* of sgap, see sgapta.
 —ach, *a.* Generous, lavish. 2(MS) Rife.
 —achd, *s.f.* Diffusiveness. 2(MS) Rifeness.
 3(MS) Revery.
 sgair, see sgar. [dry].
 sgair, *s.f.* Any place where a thing is laid to
 sgair, * -e, -ean, *s.f.* Stitch. 2 Seam. 3 Splice.
 4 Nails, see tairngnean-sgair, p. 77.
 sgaird, -e, *s.f.* Flux, looseness, diarrhoea. [with
 the art. an.] 2**Loose stool. 5**Skit. 4**
 rarely, Smock. 5(DMK) Scree, shingly slope
 —Gairloch.
 —each, -eiche, *a.* Affected with flux, di-
 arrhoea or dysentery. 2**Habitually loose in
 the bowels. 3 Squirting, pouring, sprinkling.
 4 (DU) *metaphorically*, Worthless, contempti-
 ble person. Peasan s. *a worthless wretch*; is
 minig a bha laogh math aig boin sgairdeich,
a skittering cow has often had a good calf.
 —eachd, *s.f. ind.* State of being affected
 with flux, diarrhoea or dysentery.
 sgairdeadh, -idh, *s.m.* Squirting, syringing,
 pouring, sprinkling.
 sgairdean, -ein, -an, *s.m.* Trifling or nasty per-
 son, a term of contempt.
 sgairdear, ** *s.m.* One afflicted with weakness
 of the bowels. 2 Squirt, syringe, water-gun.
 sgaireab, ** *s.* Lavishness.
 sgaireach, see appendix.
 sgaireach, -eiche, *a.* Prodigal. 2 Cold and
 windy, threatening rain, as weather.
 —, -eich, *s.m.* Prodigal.
 † —, -d, *s.f.* Crying, shrieking. 3 Creaking.
 sgaireag, (CR) *s.f.* Passing shower—*W. of Ross-
 shire.*
 sgaireag, *s.f.* see sgarbh. 2 see seagair. 3
 Young scart, one-year-old gull. (sgaireag-†.)
 sgaireag, † -eig, -an, *s.f.* Lesser black-headed
 gull—*Larus fuscus.*
 sgaiream, (CR) *s.m.* Idle talk—*Skys.*
 sgaireanaich, (AC) *s.f.* Sound of the flapping of
 wings. An sgiathan a' s., *their wings flapping.*
 sgaireap, -a, *s.f.* Lavishness, profusion, prodig-
 ality. 2 Weather with whistling wind,
 threatening rain. 3 Sudden skirl, as of bag-
 pipes. 4 Extravagance.

—ach, -eiche, *a.* Lavish, profuse, extrava-
 gant. Gu s., *lavishly.*
 sgaireapail, * -e, *a.* Whistling, gusty and threat-
 ening rain.
 sgaire, (AF) *s.f.* Scorpion, see sgairep.
 sgairep, ** *s.f.* Stony, gravelly bottom.
 sgairep, see sgaireap.
 sgairn, -ean, *s.m.* Howling of dogs or wolves. 2
 Loud murmuring noise. 3 Noise of stones. 4
 **Shriek. 5 see sgaire. B' fhad chluinne an
 s., *their howling was heard afar off.*
 sgaireneach, -eiche, *a.* Crying aloud, shouting. 3
 Shrieking. 3 Howling, as dogs or wolves. 4
 Making a loud murmuring noise. 5 ††Rum-
 bling noise.
 —, -ich, *s.m.* Continuous heap of loose
 stones covering a hill-side. 2 The sound of
 such stones falling along a steep and rocky
 hill-side. 3 Continued howling. 4*Deserted
 quarry. 5 Great number of stones, like a de-
 serted quarry, on a hill. 6†† Large heap of
 stones. [Nos. 4 & 5, *s.f.*—]
 —, -eiche, *a.* Abounding in heaps of
 loose stones. 2 Like a rocky hill-side covered
 with loose stones.
 sgairenil, -e, *s.f.* Shrieking, crying out. 2†see
 sgaireneach.
 tsgairnigh, -e, *s.f.* Separation. 2 Broken pieces.
 sgairep, -e, -ean, *s.f.* Scorpion. 2 The sign Scor-
 pio (♏), in the zodiac.
 sgairepeach, ** *a.* Like a scorpion. 2 Full of
 scorpions. 3 Of scorpions.
 sgairet, *s.f.* Flux—*Dáin I. Ghobha.*
 sgairet, *v.* see sgairetich.
 sgairet, -e, -ean, *s.f.* Loud cry, roar or shout. 2
 Shriek. 3 Strength, vigour, activity, bustle. 4
 The midriff [with the art.] 5 Diaphragm or
 caul covering any of the intestines or viscera.
 6 Energy, business. 7 Appearance. 8 Author-
 ity. 9*Smart breeze. 10 War. 11** Tuft of
 trees, shrubs, branches or bushes. 12**Bush.
 Déan do ghaothach le s., *do your business
 with energy*; le s. de ghaoith tuath, *with a
 smart breeze of northerly wind*; s. an cridhe,
the caul of their hearts; thainig e le s., *he came
 with a bustle.*
 —each, -eiche, *a.* That bawls aloud, shout-
 ing. 2 Shrieking. 3 Acrimonious. 4 Roar-
 ing, clamorous. 5 Active, bustling. 6 Hav-
 ing a caul. 7 Like, of, or belonging to, a caul.
 8** Having a large caul.
 —eachaidh, -aidh, *s.m.* Shouting, act of shout-
 ing or crying. 2 Shrieking, act of shrieking
 or roaring. 3 Bustling motion. A' s—, *pr. pt.*
 of sgairetich.
 —eachd, *s.f.* Same meanings as sgaireteach-
 adh. Na tannaí a' s., *the spectres shrieking*;
 s. gheur, *a piercing shriek or cry.*
 —eachd, ** -eich, *s.m.* Shouting, roaring,
 bawling, shrieking. 2 Bustling noise. 3**
 Bustling motion.
 sgairet falach, see sgarta falach.
 sgairetealachd, *s.f. ind.* Vigour, liveliness, acti-
 vity. 2* Half stormy weather. 3 Boldness of
 manner. 4 Vigorousness. 5** Bustling man-
 ner.
 sgairetear, -ir, -an, *s.m.* Crier, one who cries or
 bawls.
 —achd, †† *s.f.* Business of a crier.
 sgairetil, -e, *a.* Brisk, vivacious, lively, vigor-
 ous. 2 Loud, shrill, sharp. 3 Bustling, active,
 energetic. 4 Bold in manner. 5* Breezy.
 Duine s., *an energetic person*, an là s., *the half-
 stormy or blowy day.*
 sgairetich, *pr. pt.* a' sgaireteachd & a' sgaireteach-
 adh, *v.a.* Shout, cry aloud, utter a loud and
 piercing cry, shriek.

†sgaiste, *s. m.* Robbery, rapine.
 sgait, *s. f.* see sgat.
 sgaite, see sgaithe.
 sgaite, -an, *s. f.* see sgaiteachd.
 sgaite, † *s.* Pickle.
 sgaite,** *s. f.* Short angry rebuke. 2 Cut. 3 Snarl. 4 in derision, Short-tempered person. Thug *o. s. orm, he rebuked me angrily, he snarled at me.*
 sgaiteach, -eiche, *pl. -a, a.* Sharp, having a keen edge. 2 Cutting, that cuts. 3 Keen, piercing. 4 Satirical, using cutting words or bitter language, cynical. 5 Stormy, boisterous. 6 Destructive. 7 Active, lively. 8 Abounding in skate (fish.) 9 Like a skate. 10 Biting, as a dog. 11** Shabby. 12 (DMK) Penetrating. 13** Energetic. 14** Angry Gunna *s., a penetrating gun; mar chladheamh s., like a sharp sword; gu s., sharply, cuttingly; gaath s., a piercing wind; cainnt s., cutting language; iathaidh bilean dearg daibhe, teangaidh s., lom, ghearta, red lips may surround a bitter, cutting tongue.—R. 61.*
 sgaiteachas, -ais, *s. m.* Same meanings as sgaiteachd.
 sgaiteachd, *s. f. ind.* Sharpness, keenness of edge. 2 Sharpness, keenness, as of cold. 3 Bitterness of speech. 4 Raillery. 5 Storminess, boisterousness. 6 Liveliness, activity. 7 Asperity.
 sgaiteag, -eig, -an, *s. f.* Little skate.;
 sgaitear, -eir, -an, *s. m.* Cynic.
 sgatean, *s. m., dim.* of sgat.
 sgaith, *s. f.* (AC) Roof-tree.
 †sgaith, *s. f.* Flower.
 sgaithean, -ein, -an, *s. m., dim.* of sghath. Small shadow. 2 Small shade, parasol.
 sgaithleach, see sgaiteach.
 sgaithle, *past pt.* of sgaith. Lopped off, cut off, pruned. 2 Bitten. 3 Stung. 4 Destroyed.
 sgaithead,** *s.* Acrimony.
 †sgal, *s. m.* Man, hero, champion. 2 Scorching.
 sgal, -a, -an, *s. m.* Shriek, yell, loud shrill cry.
 2 Blast, sound of high wind. 3 Appearance of the sea in a squall. 4 Howl of a dog when hurt; or when hunting. †5 (AF) Calm. 6** Skirl of the bagpipes. 7 see sgaladh. 8(DU) Outburst of speech, crying, &c. 9 (DU) Spell of any form of activity. 10* Sudden, quick cry. *S. a chuillean, the howl of his dog; s. gaoithe, a squall of wind; s. air cáineadh, air iomradh, air itheadh, &c., a spell of scolding, roving, eating, &c.—Garloch. [**Tray.]*
 sgal, -ail, *s. m.* Meal-trough. 2 Baking-trough 3 sgal, *pr. pt.* a' sgaladh, a' sgalart & a' sgalart-ach, *v. n.* Howl, give a shrill cry, squall, shriek. 2 Shriek or squeal suddenly.
 sgalá, -n, *s. m.* Ill-shaped hood or tunic.
 sgalach, -aiche, *a.* Loud, shrill, sonorous 2 Shrieking, yelling, howling. 3* Shrill and sharp. 4** Apt to shriek, howl, yell or squall.
 sgaladh,** -aidh, *s. m.* Meal-trough, kneading-trough. 2** Large bowl, kettle, cauldron.
 sgalag, -aig, -an, *s. f.* Workman, farm-servant. 2 Ploughman. 3** Slave. 4†† Rustic. [*s. m. —McL & D.*]
 —ach, -aiche, *a.* Having many male farm-servants. 2 Of, or belonging to, a male farm-servant. 3†† Rustic.
 —achas, -ais, *s. f.* The occupation of a male farm-servant.
 —achd,** *s. f.* Slavishness.
 sgaláiche, *s. m.* Man ready to raise a hue and cry against his neighbour.—*Sar-Obair.*
 sgaláichean, Gaelic form of scales
 sgalaid, § e, -ean, *s. f.* Shallot—*allium ascalonicum.* 2** Noise.

sgalain, *s. pl.* Scales for weighing. 2** Weights.
 sgalair, -ean, *s. m.* Squaller.
 sgalais,* *s. f.* Jeering, gibing, continuous jeering.
 sgalan -ain, -an, *s. m.* Stage, scaffold. 2 Hut. 3 Rostrum 4 see sgaléau
 sgalan,** -ain, *s. m.* Goblet 2 Knee-pan.
 sgalanach, *a.* Abounding in stages scaffolds, &c.
 sgalanta, -ainte, *a.* Loud, shrill sounding, sonorous Piob *s., a loud-sounding pipe*
 —chd, *s. f. ind.* Loudness, shrillness of sound, sonorousness.
 sgalart, (AF) *s. m.* Hounds' cry when hunting.
 sgalart, see sgalartaich
 —aich, -e, -ean, *s. f.* Shrieking, act of shrieking or yelling. 2 Howling, act of howling. 3 Howl. 4 Yell. A' s—, *pr. pt.* of sgal.
 sgalartaiche, -an, *s. m.* Bellower.
 sgalb, see sgalb.
 sgalbhad, (CR) *s. f.* Continued barking of a dog —*Suth d.*
 sgalcairneach, -eich, *s. m.* see sgaile.
 sgald, *v. a.* Scald, burn with hot water. 2 Wash with hot water. 3 Pain, torment, torture.
 —ach, -aiche, *a.* Scalding, that scalds or burns. Painful, tormenting, causing torment.
 †sgaldach, -aich, *s. m.* Stubble.
 sgaladh, -aidh, *s. m.* Act of scalding or burning with hot water. 2 Act of washing with hot water. 3 Act of tormenting or torturing. 4 Anguish, torment. A' s—, *pr. pt.* of sgald.
 sgaldruth,** *s. m.* Fornicator.
 sgallda, *past pt.* of sgald. Scalded, burnt with hot water 2 Washed with hot water. 3 Afflicted, tormented.
 sgal-fhar, see sgal-fhart.
 sgal-fhart, -airt, -an, *s. m.* Howl, loud barking, see sgalartaich.
 —aich, -e, *s. f.* see sgalartaich.
 sgal, -ail, -an, *s. m.* Baldness. 2 Scall, scab. 3 Bald head—*Dann I. Ghobha.*
 sgal,** *v. a.* Scald. 2 Trouble, disturb
 sgalia,* *s. f.* Old hat. 2 Large wooden dish cut out of a tree.
 sgallich, -aiche, *a.* Bald. 2 Troublesome. 3 Impertinent.
 —an, -ain, *s. m.* Bald-headed person. 2 Unfedged bird, Scots, scaldie.
 —d, *s. f. ind.* Baldness. 2** Troublesomeness. 3** Disturbance.
 sgaladh, -aidh, *s. m. & pr. pt.* of sgal,** see sgaladh.
 †sgallagach, -aich, *s. m.* Bird-seed.
 sgalaid, -e, -ean, *s. f.* see sgalais.
 sgalais, -e, -ean, *s. f.* Insult, contempt, derision, mockery, ridicule. 2 Flattery. Ri *s., deriding.*
 sgalaiseach, -eiche, *a.* Insulting, showing contempt, deriding, mocking, ridiculing, opprobrious. 2 Given to mockery. 3 Flattering.
 —adh, -aidh, *s. m.* Deriding, act of deriding, ridiculing or insulting. A' s—, *pr. pt.* of sgalaisich.
 —d,** *s. f.* Practice of ridicule.
 sgalaisich, *pr. pt.* a' sgalaiseachadh, *v. a.* Deride, ridicule, insult.
 —te, *past pt.* of sgalaisich. Derided, ridiculed, insulted.
 sgalid, see sgalid.
 —achan, see sgalachan.
 —adh, -aidh, see sgaladh.
 sgalidair, (MS) *s. m.* Brawler.
 —eachd, *s. f.* Bad language.
 sgalit, see sgalid.
 —a, *a.* Bald, bare. 2 see sgallda.
 —ach, see sgaladh.
 sgalpan, (OR) *s. m.* Chaff—*Lewis, DMY. says s.*

comes off oats only—calgan is the barley beard.

sgám, -aim, *s.m.* Spot. 2 Spot on linen. 3 Iron-mould.

sgamal, -ail, *s.f.* Scale.

—, -ail, -an, *s.m.* Exhalation, effluvia. 2 Phlegm. 3**Scum.

—, -ach, -aiche, *a.* Scaly. 2 Abounding in phlegm.

sgamb, -aimh, *s.m.* Lobe of the lungs, lights. [*s.f.*—*] *S.* eithe, *file-dust, flings.*

sgamh, ***s.m.* Wry mouth.

—, -ach, ***a.* Having good lungs. 2 Of lungs, pulmonary.

—, -ag, ***aig, s.f.* Wry mouth.

—, -ainn, *pr.pt. a'* sgamhnadh, *v.a.* Build up corn or hay in a barn.—*Gairloch, dc.*

sgamhan, -ain, -an, *s.m.* The lungs, the lights, 2 Liver. 3 Dolt, blockhead. 4 Refuse, dross. 5 Appellation of extreme contempt. 6 Villainous person. 7 Corn or hay built up in a barn. *a.* coirce, *oats built up in a barn.*

s. eorna, *barley* " " "
s. theóir, *hay* " " "

sgamhanach, -aiche, *a.* Having large or strong lungs. 2 Pulmonary, of, or belonging to lungs or lights; or 3 liver. 4 Roan, drab, of the colour of lights. *Aodach, s., roan-coloured cloth.*

sgamhanach, (DMY) *s.m.* Feeble man whose breath shortens at a little exertion.

sgamhanaich, **see* sgarthanaich.

sgambar, -air, *s.m.* Saw-dust.

sgambh-chnuimh, -e, *s.f.* *see* sgambh-gthalar.

sgambh-chridhe, **s.m.* Caul.

sgambh-gthalar, -air, *s.m.* Consumption in the lungs.

sgambh-ghlonn, *s.m.* Vile prank, vicious deed, shabby action.

sgamhnadh, -aidh, *s.m.* Building up of corn or hay in a barn. *A' s—, pr.pt. of* sgamhainn.

sgamhnaidh, *fut. aff. a.* of sgamhainn.

sgann, -ainne, *s.m.* Multitude. 2 Herd, drove. 3††Swarm of bees. 4**Parcel. *S. fhiadh, a herd of deer.*

sgann, -ainn, -an, *s.m.* Membrane. 2* Hand. 3 Multitude, swarm. [*s.f.*—*]

—, -ach, ***a.* Membranous. 2 Filmy. 3 Swarming, in swarms or multitudes.

sgannal, -ail, -an, *s.m.* *see* sganneal.

—, -ach, *a.* *see* sgannealach.

sgannairt, (AH) *s.f.* Wreck, ravages, devastation.—*Argyll.*

sgannan, -ain, -an, *s.m., dim. of* sgann. Little herd or drove. 2 Thin membrane, caul or film, pellicle. 3 Gristle. 4 Reticle. 5**Group of people. 6**Little parcel. *S. saille, a caul.*

—, -ach, ***a.* Membranous. 2 Reticular.

sgann-sgríod, (AF) *s.m.* Herd of cattle.

sgánrach, ***a.* Dispersing, scattering, scaring, routing, terrifying. 2 Like a dispersion rout or persecution. 3 Persecuting.

sgánradh, -aidh, *s.m.* Surprise, fright. 2 Dispersion from fright or terror. 3 Act of dispersing or terrifying into dispersion, scaring, routing, scattering, dispelling. 4 Rout, confusion. 5**Frightening of cattle. 6**Persecution. *A' s—, pr.pt. of* sgánraich. *A' s. doinnion, dispelling the storm.*

sgánraich, *v.a.* Scare, fright. 2 Disperse through fear, rout, scatter. 3**Persecute.

—, -te, *past pt. of* sgánraich. Scared, frightened. 2 Scattered or dispersed through fear, routed.

sgánraídh, for sgánraichidh, *fut. aff. a. of* sgánraich.

—, ***s.f.* Dispersement through fear or

astonishment. 2**Defamation. 3 Sudden dispersion. 4 Astonishment.

sgaog, -aog, -an, *s.m. & f.* Foolish, fickle or giddy young woman. 2 Giddy or unsteady person generally.

—, -ach, -aiche, *a.* Giddy, inconstant, volatile, flighty.

—, -achas, -ais, *s.m.* *see* sgaogachd.

sgaogachd, *s.f. ind.* Giddiness, levity, volatility, inconstancy.

sgaogag, -aig, -an, *s.f. dim. of* sgaog. Giddy girl.

sgaogaiche, *s.f. ind.* *see* sgaogachd.

sgaogan, -ain, -an, *s.m. dim. of* sgaog. Giddy youth.

—, -achd, *see* sgaogachd.

sgaoil, *pr.pt. a'* sgaoilteadh, *v.a. & n.* Stretch out, extend. 2 Scatter, disperse, spread. 3 Enlarge, dilate, expand. 4 Dismiss, send away, give leave of departure. 5 Divulge, publish. 6 Loose, dissolve, untie. 7 Unsew. 8 Be unsewed. 9 Unfold. 10 Be unfolded. 11 Destroy. 12†† Fray. 13**Dishevel. *S. e a lamhan, he extended his hands; s. iad feadh an t-saoghail, they dispersed throughout the world; s. e an sgoil, he dismissed the school; s. an t-sreang, untie the cord; s. e an naidheachd, he divulged the news; cuir fa sgaoil, release; s. an eaglais, the congregation dispersed.*

sgaoil, **s.m.* Liberty, freedom. *Mu s., at liberty; cuir mu s., set sail, weigh anchor.*

sgaoile, *see* sgaoilteadh. 2**Scattered state. 3 **Looseness.

—, -ach, ***a.* Causing to spread or scatter. 2 Diffusing. 3 Disheveling, loosening, unfolding. 4 Divulging. 5 Diffuse.

sgaoileadh, -idh, *s.m.* Spreading, act of spreading, stretching out, extending. 2 Scattering, act of scattering or dispersing. 3 Dispersion, diffusion. 4 Disheveling. 5 Enlarging, act of enlarging, dilating or expanding. 6 Dismissing, act of dismissing, sending away or giving leave of departure. 7 Act of divulging, revealing, promulgating or publishing. 8 Loosing, act of loosing. 9 Dissolving. 10 Untying. 11 Unsewing, act of unsewing. 12 State of being unsewed. 13 Rent in cloth or leather. 14 State of being unfolded. 15 Laceration. 16††Fraying. 17**Destroying. *A' s—, pr.pt. of* sgaoil. *Theab e s., he nearly burst (with laughter); bu chian a s., far a part were we dispersed.*

sgaoilear, *fut. pass. of* sgaoil. Shall be spread.

sgaoilidh, *fut. aff. a.* of sgaoil.

sgaoilte, *past pt. of* sgaoil. Spread, stretched, extended, expanded. 2 Dispersed, scattered. 3 Dismissed. 4 Divulged. 5 Loosened. 6 Dissolved. 7 Untied. 8 Unsewed. 9 Dishevelled. 10(DU) Loose-witted. *Cuirn s., a banquet spread.*

sgaoilteach, -eiche, *a.* Spreading, that spreads, scattering, that scatters. 2 Divulging, spreading abroad. 3 Diffuse, liberal, profuse, bountiful. 4 Scattered, in a scattered state, wide, spread. 5*Unguarded, imprudent. 6 Apt to loosen or dislodge. 7††Fraying. 8**Apt to spread or scatter. 9**Apt to divulge. *Caint s., unguarded expressions; diffuse language; fear b' fhad s. cliu, a man of widely-spread fame; dune s., a lecherous man.*

—, -eich, -ean, *s.f.* Ground on which to spread anything to dry, e.g. peats or nets.

—, -ail, -e, *a.* *see* sgaoilteach.

—, -d, *s.f. ind.* State of being spread or scattered. 2 Tendency to spread or scatter. 3 Readiness to divulge or publish abroad. 4 State of being divulged. 5 Diffuseness, liber-

ality, bountifulness, profuseness.
 sgaolteag,** -eig, *s.f.* Sheet. 2 Winding-sheet.
 sgaom, -e, *pl.* -ean & -annan, *s.f.* Fright, sudden terror, alarm. 2 Starting or sudden movement from fear or terror. 3*Skittishness, as of a horse or beast. 4* Terror from false alarm.
 sgaomeach, -eiche, *a.* Apt to be frightened. 2 Restless, unquiet. 3 Terrified, timid, skittish. 5 Causing to start.
 ———, *s.f. ind.* Aptness or readiness to be terrified. 2 Timidity, skittishness. 3 Restlessness.
 sgaomealachd,* see sgaomearachd.
 sgaomear,** *a.* Timid. 2 Skittish.
 sgaomear, -eir, -an, *s.m.* Coward, timid fellow. 2 Restless fellow. 3 Any shy creature.
 ———achd, *s.f. ind.* Cowardice, timidity. 2 Shyness. 3 Restlessness.
 sgaomell, see sgaomeach. 2* Skittish.
 sgaomeiche, see sgaomeachd.
 sgaolar,** *a.* Coy.
 ———achd,** *s.f.* Coyness.
 sgaoll, -aoill, *s.m.* see sgaoin.
 ———air, -ean, *s.m.* see sgaoin.
 ———air, -e, *a.* see sgaoin.
 ———aireachd, see sgaoin.
 ———mhor, -oire, *a.* see sgaoin.
 ———mhorachd,** *s.f.* Timidity, shyness.
 sgaoman uisge,(CR) *s.m.* Light shower—*Loch-broom*.
 sgaoth, -a, -an, *s.m.* Swarm, great number, multitude. 2 Flight of birds. 3†Flock. [*gen.* sgaoth—*s*]
 ———ach, -aiche, *a.* In swarms or multitudes.
 ———aich, *v.a. & n.* Crowd.
 sgaothan,** -ain, *s.m.* Chamber-pot.
 sgap, *pr.pt.* a' sgapadh, *v.a.* Scatter, spread, disperse. 2 Squander. 3 Afflict. 4*Hack, hash. 5* Distribute profusely.
 sgapach, -aiche, *a.* That scatters or disperses, scattering, spreading, squandering, diffuse. 2 **Apt to scatter, spread or squander.
 sgapadair, -ean, *s.m.* Scatterer, one who scatters, disperser, disseminator. 2* Hasher.
 sgapadh, -aidh, *s.m.* Scattering, act of scattering, dispersing, spreading or routing, dispersion. 2* Hacking, hashing. A' s—, *pr.pt.* of sgap. A' s. caise, *hacking down cheese*.
 ———, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of sgap. S. e, *let it scatter*; s. iad, *let them scatter*.
 ———, *past pass.* of sgap. Was scattered or dispersed.
 sgapaidh, *fut. aff.a.* of sgap.
 sgapair, -ean, see sgapadair.
 ———eachd,** *s.f.* Scattering, dispersion, routing. 2 Extravagance.
 sgap-litir, *s.f.* Handbill.
 sgarta, *past pt.* of sgap. Scattered, dispersed, routed. 2 Squandered.
 sgapteach, *a.* see sgapteach.
 sgar, *pr.pt.* a' sgaradh & a' sgarachdainn, *v.a.* Separate, disjoin, sever, disunite. 2 Tear asunder, pull asunder, split. 3 Torment, afflict, harass, gall. 4 Divorce, part. 5*Secern. 6** Unfold for drying. 7**Wound.
 sgar, -air, -an, *s.m.* Knot on the surface of wood. 2 Fissure in wood. 3 Seam or joint, as in a boat. Tairnean sgar, *seaming nails*; s. an droma, or s. an leigell, *rebate*, see bàta, A 3, p. 73.
 sgara, see sgaradh.
 sgarach, -aiche, *a.* Knotty, having knots or asperities on the surface. 2 Having fissures (of wood.) 3 Separating, disjoining, severing, disuniting, schismatic. 4 Tearing asunder. 5 Tormenting, harassing, galling, afflicting. 6 Distinguishable—*Dàin I. Ghobha*. 7**Wound-

ing

sgarachduinn, *s.m.* Separating, act of separating, disjoining, severing, disuniting. 2 Act of tearing or pulling asunder. 3 Wounding. Harassing. 5* Separation by force. 6**Disension, division, faction, schism. Tha s. 'nu measg. *there are divisions among you*. A' s—, *pr.pt.* of sgar. [*s.f.*]
 sgaradair,** *s.m.* Separator. 2 Tearer asunder. 3 Harasser, tormentor.
 ———eachd,** *s.f.* Separation, schism, separability.
 sgaradh, -aidh, *s.m.* Same meanings as sgarachduinn. 2 Faction, division. 3 Shed of the warp in weaving. 4 Mark, as of a blow. 5 Torment, woe. 6* Ruin. A' s—, *pr.pt.* of sgar.

———,(MS) -aidh, *s.m.* Aperture.

———, *int.* Imprecation, expression of ill-

will.

sgarag,(AF) see sgabag.

sgarail,** *a.* Separable.

sgarait,** *s.f.* Table-cloth.

sgarar, *fut. pass.* of sgar.

sgarbh, -airbh, *pl.* -an & -airbh, *s. m.* Cormorant, shag—*phalacrocorax carbo*. 2**Bittern, see corraghrian. 3**Heron. 4** Shallow water, ford. Trod nam ban mu'n s. 's an s. air an loch, *the women disputing who shall have the scart, and the scartout on the loch*—i.e. disposing of the hare before it is caught.

sgarbh,** *v.a.* Wade. 2 Cross a river by a ford.

sgarbh-a'-bhochain, see sgarbh-an-sgumain.

sgarbhach, -aiche, *a.* Abounding in cormorants.

2 Like a cormorant. 3 Of a cormorant.

sgarbhan,** -ain, *s. m.* Little cormorant. 2

Young cormorant.

sgarbh-an-sgumain, † -airbh-, *s.m.* Shag, green cormorant—*phalacrocorax cristantus*. 2(AF) Crested scart.

sgarbh-an-uchd-ghil, see sgarbh-an-sgumain.

sgarbh-buill, see sgarbh.

sgar-bhoc,** *s.m.* Scurvy.

———ach,** *s.m.* Scurvy. 2 Like a scurvy.

sgàrd,** *v.* Squir, pour, sprinkle.

sgàrd, see sgàird.

———ach, see sgàirdach.

———adh, see sgàirdaadh.

sgàrdach, -aich, *s.m.* Bunch of furze or thorns

placed before the tap in a mash keeve. 2

Vomiting. 3 Squir.

sgàrdair, see sgàirdair.

sgàrdan, (CR) *s. m.* Scree, continuous run of

stones on a hill-side—*W. of Ross*.

sgarlaid, -e, *s.f.* Scarlet colour.

———, *a.* Scarlet.

———each, *a.* Scarlet.

sgarmaich, *s. f.* Flux of stones on a hill-side

—*Badenoch*. (sgàirneach.)

sgárnal, -ail, see sgàirneil.

sgarrag,(AF) *s.f.* Skate, ray-fish.

sgarrthach, -aich, *s.f.* Temporary shower, flying

blast of foul weather.

sgart, see sgairt.

sgarta, *past pt.* of sgart. Separated, disjoined,

disunited. 2 Pulled or torn asunder. 3 Af-

flicted, tormented. 4 Galled, harassed.

sgarta falaich, (AC) *s.* Rift, rent, cleft, cave,

recess in a rock in which to hide or shelter.

sgarthanaich, -e, *s.f.* Dawn, twilight, day-spring.

Bha e an seo 'san s., *he was here at dawn*.

sgat, -ait, -an, *s.f.* Skate (fish.) [*s.m.*]

Tha a' mbeoir an dèidh na sgaib, *his fingers are after the skate*—said of a bad piper. The saying originated with a young piper, who was being instructed at the piper's college at Borerraig in Skye. Having had skate to dinner one day, which he did not approve of,

and playing afterwards indifferently, he was asked what was wrong with him. "The skate sticks to my fingers," was his reply. Ma cheannaicheas tu iasg ceannaich iasg sgait, if you buy fish, buy skate. The Highland prejudices against certain meat and fish are sometimes very absurd. The skate is most unjustly undervalued by the natives of the western coasts of Scotland—N.G.P.

sgata, see sgat.

—ch, a. Abounding in skates.

sgat ghlas, s.f. Large soft grey skate—Lewis.

sgàth, -a, -an, s.m. Shadow, shade. 2 Pretence. 3 Disgust. 4 Fright, fear, dread, apprehension. 5 Sake, account. 6 Nearness, propinquity. 7 Bashfulness, timidity. 8 (A6) see sgoth. 9* Shelter, protection. 10** Veil, covering. Tha mi fo s., I am afraid; tha thu 'cur s. orm, you make me feel squeamish; a. Dhé, the fear of God; s. an taigh, the shelter of the house; fo s. do sgàth, under the covert of thy wing; air s. sgoinne, for decency's sake: na dh' fhuing e air mo sgàth-sa, what he suffered on my account; gun s., without dread; air s., for the sake of; on pretence of; a' gabhail s., taking fright.

sgàth, -a, -an, s.f. Hurdle. 2 Door secured by a hurdle. Prov. 3 Threshed or scutched flax. 4 Watted door, large bundle of rods tied closely together and used as a door.

sgath, pr.pt. a' sgath & a' sgathadh, v.a. Lop off, prune, cut off. 2 Destroy. 3 Bite, sting. 4 Injure, hurt, do harm. 5** Curdle. S. an ceann dheth, chop off his head; s. na meanglain, chop off the twigs.

sgath, -a, s.m. Consuming, destruction, waste, havoc. 2 Damage by cattle. 3 Tow, thirds, the short part of liat called brairds.

sgàth, see sgàthadh.

sgathach, -aiche, a. Pruning, 'cutting, lopping off. 2 Biting, that bites or stings. 3 That injures or hurts. 4 Destructive, destroying. 5 Wasteful. 6 Pernicious. 7 Doubtful. 8** Skirmishing.

sgathach, -aiche, a. Shady, shadowy. 2 Covering, sheltering. 3 Timid, fearful, afraid. 4 Bashful. 6* Skittish. 7 Agast. 7(MS) Backward. 8** Causing fear. Tha 'n t-each a bhuailear 'sa cheann s., the horse struck in the head will be timid.

sgathach, ** -aich, -aichean, s.m. Fence made of loppings. 2†† Branches lopped off. 3 (CR) Loppings of any wood except birch—W. of Ross-shire. 4* Hurdle or great bundle of twigs to serve as a portable porch at a Highlander's door. [s.f.]*

—, -aich, s.m. Drink of water and milk in equal proportions and the sour thick milk under the cream that was kept for butter, churned into a froth—Gael. Soc. Inv. xiv. 148

—an, s. m. Tail. Feumaidh fear na bhona bhà car d' a h-earball, no a s. m' a dhorn, the man who has only one cow must twist her tail round his fat—i.e. look well after her.

—as, -ais, s.m. see sgàth.

sgàthachd, s.f. ind. Timidity.

sgathalair, -ean, s.m. Cutter, lopper off. 2†† Blacksmith's chisel for cutting iron.

sgathadh, (CR) s. m. Drawing straw for thatching. 2(DMy) Cutting the roots of the barley sheaves for thatching purposes—Lewis.

—, -aidh, s.m. Lopping off, severing, act of lopping off or pruning. 2 Biting, act of biting. 3 Hurting, act of hurting or injuring. 4 Segment, shred. 5 Incision, puncture. 6** Destruction. 7** Loss. 8** Skirmishing. 9**

Bickering. 10 (AH) "Shipping" or taking in (of oars.) Air s. gun iochd, cut down without pity; there robh s. de thalamh 'san fhrath-rac, that there was no trace of land in sight; s. ràimh, shipping of oars; cha d' fhuair s. nach d' fhuing nàir, they never met with loss who did not suffer blame. A' s—, pr. pt. of sgath.

sgàthag, (CR) s.f. Fright—Skye.

sgathag, -aig, -an, s.f. Trefoil in flower.

—ach, ** a. Full of trefoil in flower.

sgathag fhaidhain, s.f. Cotton-sedge, see canach.

sgathaich, v.a. Discourage. 2(MS) Awe. 3(MS) Bescreen.

sgathair, -ean, s.m. Spruce fellow, beau. 2 see sgathadair.

—eachd, s.f. ind. Cutting down, lopping off, as of branches.

sgàthaireachd, †† s.f. Timidity, fear.

sgàthalachd, s.f. Umbrosity.

sgathan, -ain, -an, s.m. Mirror, looking-glass. 2

** Gazing-stock. Is math an s. snil caraid, a

friend's eye is a good mirror; a réidh-ghorm

lith mar s., her smooth blue pools like mirrors.

s. balgach, a convex mirror.

s. còmhnard, a plain mirror.

s. tolgach, a concave mirror.

—ach, a. Abounding in mirrors.

sgatharra, a. Hewing, lopping, pruning, cutting down.

sgath-bhàrd, -àird, s.m. Satirist, lampooner.

—achd, s.f. Satire, ribaldry, lampooning. An s. a bu chraidhe gu léir, the keenest satire of all.

sgàth-fhras, (CR) s. f. Passing shower—W. of Ross-shire & Argyllshire.

sgàth-lann, -lainn, -an, s. f. Booth, cover, tent, shed, shop, penthouse.

sgàth-thaigh, -ean, s.m. Porch.

sgàthmhòr, -oire, a. see sgàthach.

sgathmhòr, see sgathach.

sgathta, past pt. of sgath. Pruned, lopped off.

2 Bitten, stung. 3 Injured, hurt.

sgé, poetic for sgiath. 2* see sgoith.

sgeach, -eich, -an, s. m. see sgeachag. 2 see

sgitheach. 3** Bush. 4** Bust.

s. chaor, whitethorn.

s. chùbhraidh, sweet-briar.

s. mhadruidh, dog-rose.

s. spionnain, (gen. ain.) gooseberry-bush.

sgeachag, -aig, -an, s.f. Hawthorn-berry.

sgeachagach, -aiche, a. Abounding in hawthorn

berries. 2 Like a hawk. 3 Pertaining to haws.

Mios s., the month of hawthorn berries.

sgeachagan, n. pl. of sgeachag. Haws.

sgeachag Muire, † s.f. Bur-marigold—*bidens cernua*.



655. Sgeachag Muire.

sgeachanach, ** *a.* Bushy, brambly.
 sgeachrach, -aiche, *a.* Full of bushes or thorns.
 2 Prickly. 3 Of briars or brambles.
 sgeachradh, -aidh, -aidhan, *s m* Prickle. 2
 **Briar, bramble.
 sgeach-spionnach, ** -ain, *s m* Gooseberry-bush.
 sgead, ** *s.m.* Speck, white spot 2 Ornament.
 —ach, ** *a* Fond of dress. 2 Speckled. 3
 Sky-coloured. 4 Cirrocumulated. Neul *s.*, *a*
cirrocumulus cloud.
 sgeadach, * -aich, *s m* see sgeadas. [*s.f.*]
 —adh, -aidh, *s.m.* Clothing, act of cloth-
 ing 2 Dress, clothes. 3 Adorning, bedeck-
 ing, ornamenting. 4 Ornament 5 Dressing.
 6 Dress, clothes. A' *s*—, *pr pt* of sgeadach.
 S. *gu leòir, enough of ornament.*
 sgeadachail, ** *a* Ornamental. 2 Beautifying.
 3 Fond of ornament, fond of dress. 4 Gallant.
 sgeadachair, ** *s.m.* One who adorns or beauti-
 fies, garnisher, decker.
 sgeadachd, *s.f.* Drapery 2(MS) Honour.
 sgeadaich, *pr. pt.* a' sgeadachadh, *v. a.* Dress,
 clothe. 2 Dress, garnish, adorn with dress.
 3 Conjugate 4**Accomplish. 5(MS)Blazon.
 6(MS) Prank. S. an teine, *make up the fire* ;
 s. an lampa, *trim the lamp*
 —ear, *fut pass.* of sgeadaich. S. na lòin,
the meadows shall be adorned.
 —te, *past pt.* of sgeadaich. Clothed,
 dressed. 2 Adorned, ornamented with dress.
 3 Conjugated. 4 Accomplished.
 sgeadas, -ais, -an, *s.m.* Ornament, gayness of
 dress. 2 Decoration. 3 Spottedness, speckled-
 ness.
 —ach, -aiche, *a.* Having a gay dress. 2
 Fond of gay dress. 3**Ornamental. 4**Spot-
 ted, speckled.
 —achd, *s.f. ind.* Dress, gaudiness of dress.
 2 Fondness or gay dress.
 sgealag, ** *s.f.* Filip. 2(DMy) Slight bite of a
 dog, or little cut by a knife on a person.
 sgeafard, see sgeafag.
 sgeal, see sgeul.
 —achd, see sgeulachd.
 sgealag, ** -aig, see sgeallag.
 —ach, ** *a.* see sgeallagach.
 sgealan, see sgeallag.
 sgealanach, see sgeallagach.
 skealb, -eibh, -an, *s.f.* Splinter, broken fragment
 of wood, stone or any hard substance. 2**Cliff.
 3**Sherd. Air sgeibh creige, *on the fragment*
of a rock ; chaidh am bàta 'na sgealbaibh, *the*
boat went to splinters.
 sgealb, *pr. pt.* a' sgealbadh, *v. a. f n.* Split. 2
 Dash into pieces or fragments, splinter. 3
 Become pieces or fragments. 4 Fritter. 5
 Tear. 6**Snatch.
 —ach, -aiche, *a.* In pieces, fragments or
 splinters. 2 That breaks into pieces. 3 Hav-
 ing a tendency to break or disunite into frag-
 ments or splinters, splintering, smashing, cleav-
 ing, rending, snatching. 4**Smashed.
 —adh, -aidh, *s.m.* Act of splitting or dash-
 ing into fragments or pieces. 2 State of fall-
 ing into fragments. 3 Splintering, smashing,
 cleaving. 4 Plucking, snatching. 5 Fragment,
 rent, splinter. A' *s*—, *pr pt.* of sgealb.
 sgealbag, -aig, -an, *s.f. dim.* of sgealb. Small
 piece or fragment. 2**Little rock. 3**Pinch
 —ach, -aiche, *a.* Abounding in small frag-
 ments 2 Breaking into splinters.
 sgealbagaidh, (DMK) *s. f.* The forefinger—*Loch-*
broom.
 sgealbair, -ean, *s.m.* Splitter, one that splits or
 breaks anything into pieces. 2 Stout young
 fellow.
 —eachd, *s.f. ind.* Act of splitting or dash-

ing into pieces
 sgealb-chreag, -chreige, *an. s.f.* Splintered or
 shelly rock or cliff Airde nan *s.*, *the pinnac-*
les of the splintered cliffs. [*s.m.*—McL & D.]
 —ach, -aiche, *a* Abounding in rug-
 ged or shelly rocks or cliffs. 2 Full of splin-
 tered rocks or cliffs.
 sgealbita, *past pt.* of sgealb. Dashed in pieces.
 sgeallag, -aig, *s.f.* Wild mustard, charlock—*si-*
napsis arvensis. [*s.m.*—McL & D.]
 —ach, -aich, *s.m.* see sgeallag. 2 Quantity
 of wild mustard.
 —ach, *a.* Abounding in wild mustard. 3
 Having a kernel.
 sgeallag meithe, *s. f.* Mustard-seed.
 sgeallan, -aig, *s.m.* see sgeallag. 2**Kernel.
 —ach, see sgeallagach.
 sgeallag-bhuachair, (DC) *s.f.* Mushroom—*Uist,*
see balg-bhuachail.
 sgealp, -a & -eip, -an, *s.f.* Slap with the palm
 of the hand. 2 Sound of a blow so given. 3
 Quick, sudden sound 4 (DMK) Sharp report,
 as of a pistol—*Caithness.* 4 see sgealp. [*s.m.*
 —**]
 —*, *s.m.* Tall, lively man.
 —*, *s.m.* Shelf
 —, *v. a.* Strike with the palm of the hand.
 —ach, -aiche, *a.* see sgealbach. 2**Striking
 or slapping with the palm of the hand
 —adh, -aidh, Striking, act of striking with
 the palm of the hand. *Scots, skeip.* A' *s*—,
pr. pt. of sgealp.
 —arra, *a.* Loud and shrill. 2 Emitting a
 loud and shrill sound. 3 Forcible. 4†Elastic.
 5**Smart, as a report. 6†Agile. *Piob*
s. Mhic Cruimein, MacCrimmon's loud-sound-
ing pipes, braidhe s., a smart report; caint s.,
loud and articulate utterance.
 —arrachd, *s.f. ind.* Loudness and shrillness
 of sound. 2**Elasticity. 3**Smartness as of
 a report. 4†Shrill sound.
 sgeamalan, (AH) *s.f.* Harum-scarum, loquacity.
 2 Loquacious person.
 sgeamh, -a, *s. m.* Severe or cutting language,
 abusive words. 2 Disgust, antipathy. 3†
 Scolding. 4 Speck on the eye. 5* Thin skin,
 membrana. 6* in *Irish*, Polypody. 7 see
 sgiamh.
 sgeamh, ** *v. a.* Reproach.
 sgeamh, -a & -eimh, *s.f.* Polypody.
 —ag, * *s.f.* Small slice.
 —ail, -e, *a.* Satirical. 2 Disgusting. 3
 Comely. 4 Using severe or cutting words. 5
 see sgreabhail.
 sgeamhair, -ean, *s.m.* Satirist. 2 One who uses
 cutting words.
 —eachd, *s.f. ind.* Satire. 2 Trouble-
 some talk. 3 Habit of using cutting words.
 sgeamhlathrach, * -aich, *s.m.* Person that does any-
 thing furiously.
 sgeamhanach, * -aich, *s.m.* Macaroni.
 sgeamh-dharaich, -a-, *s.f.* Oak-fern—*polypodium*
dryopteris.
 sgeamhla, see sgeamhladh.
 sgeamhladh, -aidh, -ean, *s.m.* Sudden fright,
 alarm. 2 Skirmish. 3 Keen appetite.
 sgeamnaidh, ** *a.* Concinnous.
 —eachd, ** *s.f. ind.* Concinnity.
 sgeamh-nan-clach, § *s. f.* Polypody, see clach-
 raineach.
 sgean, -a, *s.m.* see sgeun & sgiàn.
 sgean, -a, *s.m.* Cleanliness, neatness. 2 Polish.
 tsgeana, *gen. sing & n.pl.* of sgiàn.
 sgeanach, see sgeunach & sgiànach.
 sgeanach, * -aich, *s.m.* Chop.
 sgeanachall, -e, *a.* see sgeanail.
 sgeanachas, -ais, *s.m.* see sgeunachas.

sgéanadh, -aidh, see sgeunadh
 sgeanag, † -aig, -an, *s. f.* Species of edible seaweed.
 sgeanag, see sgeunag & sgianag.
 sgeanaich, see sgeunaich.
 sgeanail, -e, *a.* Clean, neat, tidy. 2 Brisk, lively—*Dáin I. Ghobha*.
 sgeanalachd, *s. f. ind.* Neatness, cleanliness.
 sgeanamhail, *a.* see sgeunail. Biolag díreach, *iana, glé s., a straight dirk, thin and well polished*,—*Donn. Bán, 5th ed. p. 75*.
 sgeannan, *pl.* of sgian.
 sgeann, -a, -an, *s. m.* Stare, gazing upon anything, glaring.
 sgeann, *s. f.* Cleanliness.
 —, *v. n.* Stare, gaze upon anything, glare. *S. e orm, he stared at me: s. a shuilleán 'na cheann, his eyes glared in his head*.
 —ach, -aiche, *a.* Staring, gazing, glaring. 2 Bull-eyed.
 —adh, -aidh, *s. m.* Staring, act of staring or gazing, gaze, glare. *A' pr.pt.* of sgeann.
 sgeannag, ** -aig, *s. f.* Staring female.
 sgeannail, * *a.* Neatly clean.
 sgeannair, -ean, *s. m.* Starer, gazer.
 sgeann, -ip, *pl.* -an & -aichean, *s. f.* Beehive, skep. 2 (M McD) Straw basket; for holding grain when sowing, always slung round the shoulder by a straw rope—*Lewis*. 3 Hand-winnow-er. *S. Sheelean, a straw beehive. [gen. sgeapa -**]*
 sgeap, *v. a.* Gaelic form of *skip*. *Pass over.
 sgeapach, -aiche, *a.* Abounding in beehives. 2 Like a beehive. 3 Of, or like, a basket. 4 Abounding in baskets.
 sgeap fhriaisg, (DMY) *s. f.* Small basket made of stalks or "cuisseagan," for taking home lumps to bait the small lines.
 sgeap mhór, (DMY) *s. f.* Large basket made of the same materials as sgeap fhriaisg, but with a stouter cord attached, for carrying fish from the rocks, potatoes, &c.—*Ness, Lewis*.
 sgeapaichean, *n. pl.* sgeap.
 sgearach, ** *a.* Happy.
 sgearach, ** -aich, *s. m.* Anything scattered. 2** Square.
 sgearadh, ** -aidh, *s. m.* Stage-play.
 sgearach, * *v. a.* Scatter.
 sgearail, ** *a.* Happy.
 —eachd, ** *s. f.* Happiness.
 sgeath, see sgeith.
 —ach, ** see sgeitheach.
 sgeath-chosg, see sgeith-chosg.
 sgeathrach, see sgeithrach.
 sgeathraich, see sgeithrich.
 sgéi, *poetical contr.* of sgéithe, *gen. sing.* of sgiath.
 sgaig, -e, *s. f.* Mockery, derision, jeering, scorn, ridicule. 2 Taunt. 3 Buffoonery, waggery. *S. fhiaicail, a hissing*.
 sgaig, *pr.pt.* a' sgeigeadh, *v. a.* Mock, ridicule, deride, taunt, scorn.
 sgeigeach, -eiche, *a.* Mocking, deriding, ridiculing. 2 Taunting, scorning. 3 Having a prominent chin, or 4 a beard of strong straight hair—*Suth'd.* 5 Prone to mock or ridicule, scornful, taunting. 6 Waggish.
 —, -ich, *s. m.* Mocker, derider, buffoon, zany, wag. 2 Irony. 3 Taunter, scorner.
 sgeigealachd, *s. f. ind.* Mockery, taunting, satire.
 sgeigear, -ean, *s. m.* Mocker, wag, buffoon, lampooner, banterer. 2† Gander, see gánradh.
 sgeigearachd, *s. f. ind.* Mockery, derision, buffoonery, waggery, waggishness. 2 Habit of mocking or deriding.
 sgeigeas, -is, *s. f.* Waggery, buffoonery. [* gives sgeigeis as *nom.*]

sgeigeasach, -aiche, *a.* see sgeigeil.
 sgeigeil, -e, *a.* Reproachful, scornful, mocking, given to mockery or derision, jeering, jibing, taunting, scorning, burlesque.
 sgeigeir see sgeigear.
 sgeigeireachd, see sgeigearachd.
 sgeigidh, *fut. aff. a.* of sgeig. Shall or will mock.
 sgeigire, * see sgeigear.
 sgeil, (CR) *s. f.* Loud and rapid utterance, gabble. *Nach ann tha 'n s. air do theangaidh! what a gabble you are making*.
 sgeil, *gen. sing. & n. pl.* of sgeul. [also sgeoil.]
 sgeoil, ** -e, *s. f.* Misery, pity, calamity, disaster. *Mo s. lalas!*
 sgeil, *s. f.* Gaelic form of *skill*, see sgil. 2** Shelling grain. Fear gun s., *a man without skill*.
 sgeilb, * see gilb.
 sgeile, ** *v. n.* Crack, make a crackling sound—*Pertshire*.
 —, (CR) *s. f.* Crackling sound. 2** Smart explosion. 3** Loud report.
 sgeilearra, *a.* Supple, elastic. 2 Active, lively, sudden, quick. 3 Giving hard blows. 4** Smart or loud, as a report or explosion.
 —, -chd, *s. f. ind.* Suppleness, elasticity. 2 Activity, quickness, liveliness. 3 Suddenness.
 sgeilead, (CR) *s. f.* Crackling. 2** Knocking.
 sgeila, *s. f. ind.* Misery, pity, calamity. [* gives [sgéil, -e].]
 sgeileach, -eiche, *a.* Calamitous, ruinous. 2 Pitiable, pitiful. 3 Painful.
 sgeileudh, -idh, see sgeila.
 sgeileas, -eis, -an, *s. m.* Bill, beak. 2 Thin face. 3 Talkativeness, garrulity, *prov.*
 sgeileasach, -aiche, *a.* Thin-faced. 2 Loquacious, garrulous, *prov.*
 —, -aich, *s. f.* Loquacious, garrulous woman.
 sgeileid, -e, -ean, *s. f.* Skillet, small boiler, "goblet," saucepan.
 sgeileil, see sgeileil.
 sgeileit, see sgeileid.
 sgeilm, -e, *s. f.* Boasting, vain-glory. 2 Prattling, vain or idle talk. 3 Neatness of dress, spruceness. 4 Razor- or thin-lipped mouth. 5 Taste. 6 Deceany, propriety. 7 Countenance indicating a scolding, prating, impertinent disposition. 8** Chatterer. 9 Brightness. 10 †† Mouth made for scolding. 11* Prater's mouth. 12** Tale-telling. 13** Tell-tale. 14** Impertinent prater. 15 Loquacious, forward girl. 16 Forward or impertinent talk.
 sgeilm, *s. f.* Joiner's chisel—*Suth'd.*
 sgeilmeach, -eiche, *a.* see sgeilmell.
 sgeilmeach, * -eich, *s. f.* Prating, vai, silly woman.
 sior-shiolaidheach, -aiche, *a.* Insensible.
 †siort, *v. a.* Strike.
 †siortair, -ean, *s. m.* Executioner.
 sior-thoiras, *** -eis, s. m.* Request.
 sior-uaine, *a.* Evergreen.
 ———, *s. m.* Evergreen.
 sior-uisge, *** s. m.* Running stream. 2 Perennial fountain. 3 Constant rain.
 ———ach, *** a.* Abounding in running streams or perennial fountains. 2 Raining continuously.
 sios, *adv.* Down, downwards (from one)—down

towards one is *nuas*. 2 (shios) Resting below.

In *W. of Ross* shios and sios naturally mean west and westward respectively, that is, down the course of the streams and valleys, and shuas and suas, east and eastward. Yet, shios rathad Chataibh, *down the way of Sutherland*, is the usual way of speaking of the part of Sutherland on the Moray Firth. These meanings of *sios* and *suas* are now perpetuated in a curious way in the east of Ross-shire when speaking English; e.g. "go east to the kitchen," "go west to the byre," &c., expressions that strike anyone as very comical till he understands how they originated and that they have no connection with *ear* and *iar*. This does not apply exclusively to Ross-shire.

In *Gairloch*, shios and suas mean practically north and south. South Earradale, for example, in the south of the parish, is called Earradal suas and Earradal a deas, and North Earradale is Earradal shios and Earradal a tuath. Am baile suas and Am baile shios at Red Point, furnish another instance.—CR. in *Gael. Soc. of Inverness*, xxiv, 369.

In *Perthshire*, East, eastward. 2**Future. S. ud [or s. an siod], *down yonder*; a' dol s., *going down, setting, as the sun*; o shiubhal s. agus suas, *from going down and up*; s. agus suas, *eastwards and westwards*; "but and ben" of a house; falbh suas do 'n t-seomar, *go "ben the hoose"* (in some places, *go west to the room*); cluinnidh aimsir sios ar clù, *future times shall hear our praise*; cuir s., *send eastward or downward—Perthshire*.

In *Sutherland*, it is invariably "tha a' ghaoth a shuas," for westerly wind, and "a' ghaoth a shios" for easterly wind.

In *all parts*, the use of sios and suas is regulated by the direction in which the water flows, thus, it is customary to say, "a' dol suas gu ceann an loch," or "suas do 'n eaglais," if in a contrary direction to the general flow of the surrounding streams, even although the journey may be downhill all the way from where the speaker stands.

siosa, *s.m.* Court, parliament.

siosacot, *s.m.* Doublet.

siosar, -air, -an, *s.m.* Pair of scissors or shears.

—ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to scissors or shears. 2 Abounding in scissors or shears. 3 Like scissors or shears.

siosarnaich, ** *s.f.* Hissing.

siosdan, ** -ain, *s.m.* Hunter's cry.

siosma, *s.* Gaelic form of *schism*. 2 Private conference, whisper.

—ch, ** *a.* Schismatic. 2 Conferring privately, whispering.

siosmar, ** -ean, *s.m.* Seceder, schismatic. 2 Whisperer.

—eachd, ** *s.f.* ind. Schismatising, seceding. 2 Whispering.

siosacota, ** *s.m.* see siosacot.

siosstair, ** *s.m.* Barrator.

siota, *f.s.* Blackguard. 2 Pet. 3 Ill-bred or spoilt child. 4 (AF) see seota.

siotach, ** *a.* Ill-bred, as a petted child. 2 Pampered.

—, ** *s.m.* Ill-bred person, pampered person.

siotaidh, ** *s.f.* Trifle, jot.

sioth, see sith.

siothach, see sithach.

siothach, see sith.

siothachadh, (MS) Appeasement.

siothachair, *s.m.* Pacificator.

siothadair, *s.m.* Pacificator.

siothaibh, -aidh, *s.m.* see sith.

siothaich, see sithich.

siothaimh, (MS) *s.* Ataraxy.

siothalachd, *s.f.* ind. Peacefulness.

siothamh, -aimh, *s.f.* Peace, rest. Seallaidh

siothaimh, *sights of peace*.

siothann, see sithiunn.

siothchaich, ** *v.* see sithich.

siothchail, see sithheil. 2 Prosperous.

siothchailleachd, see siochalachd.

siothchaimh, see siothaimh.

siothchainnt, see siochaint.

siothchainnt, see sithchainnt.

sioth-chainnteach, also siochainnteach.

siothchainnteach, see sithchainnteach.

sioth-chainntiche, also siochainntiche.

siothchath, see siochath.

sioth-choimheadaiche, see sith-choimheadaiche.

siothlachan, (DO) see siochlan.

siothladh, ** *s.m.* Clarification.

siothlag, ** *s.f.* Filter.

siothlaich, *v.a.* Drain.

siothlaidh, see siolaich.

siothlaidh, *v.* see siothlaich.

siothlan, ** *s.m.* Strainer. 2 Sack.

sioth-shaimh

—each, —eachd, } see sith-thàmh, &c.

sioth-thaimh, see sith-thàmh.

—each, see sith-thàmhach.

—eachd, see sith-thàmhachd.

sir, *pr. pt. a'* sireadh & a' sireachd, *v.a.* Seek, search. 2 Seek, ask, request. 3 Want. S. e, *seek it*; dé tha thu a' sireadh? *what do you want? what are you seeking?* e san a shreasa, *he that seeks*; s. air, *ask of him*; sh. i airbhe, *a fulfilment*; s. air, *asked of you, ye nobles*.

sir, ** *a.* see sior.

sir-bhuain, see sior-bhuain.

sir-bhualadh, see sior-bhualadh.

sir-chainnt, see sior-chainnt.

—each, see sior-chainnteach.

sir-chleachd, see sior-chleachd.

sireach, ** *a.* Seeking, searching, prying, scrutinous. 2 Lean, poor.

sireachd, *s.f. & pr. pt.* Same meanings as sireadh.

siread, ** -eid, *s.m.* Ferret.

—ach, ** *a.* Like, or abounding in, ferrets.

sireadair, -ean, *s.m.* Questant, inquirer.

sireadan, ** -ain, *s.m.* Sound, probe, in surgery.

sireadh, -idh, *s.m.* Searching, act of searching. 2 Seeking, act of seeking. 3 Asking, requesting, demanding, begging. A' s—, *pr. pt. of sir*.

sireamh, -eimh, *s.m.* Disease.

siris, -ean, *s.f.* Cherry. see craobh-shiris.

—each, -eiche, *a.* Of, or belonging to, cherries.

sirist, see siris.

—each, *a. prov.* for siriseach.

—each, * *s.m.* Shelly, pony.

sirnearan, (AF) *s.pl.* see sirneadan.

sir-shileadh, see sior-shileadh.

tsist, *s.* Time, while.

sistéal, ** *s.m.* Cistern. 2 Flaxcomb.

sistéalach, ** -aich, *s.m.* Flax-dresser. 2 Wool-comber.

sistéalach, ** *a.* Having cisterns or flaxcombs. 2 Like a cistern or flaxcomb.

—d, ** *s.f.* ind. Flax-dressing. 2 Wool-combing or carding.

sistéalair, ** *s.m.* Flax-dresser. 2 Wool-comber.

site, -achan, *s.f.* Gaelic form of *sheet*. S. phap-eir, *a sheet of paper*.

—ach, *a.* Sheeted, in sheets. 2 Like a sheet.

siteag, -eig, -an, *s.f.* Dunghill. Originally applied to the dung that was allowed to accumulate in a byre for twelve months, and cleaned out in the spring time. The custom still obtains in *Lewis*.—DMK. 2 Nice young fe-

- male. 3 (DU) in *Gairloch*, applied to outside generally. *Cuir chun na síteig e, turn him out.*
- ach, *a.* Abounding in dunhills. 2**Nice, as a young female. 3**Effeminate.
- sítealachd,** *s.f.* see síbhtealachd.
- †sítearn, -eirn, *s.m.* Harp. [*s.f.*]
- síteil, *a.* Cunning, crafty, designing.
- síth, -ean, Hill, mount. 2 Prefix in the names of many hills.
- síth, -ean, *s.m. & f.* Fairy.
- síth, -e, -ean, *s.f.* Peace, quietness, tranquillity. 2 Rest from war. 3 Reconciliation. 4 Truce. *Cogadh no s., war or peace; an s., in quietness.*
- síth, *s. f.* Mark in which to fix anything—*Rob Donn.*
- síth *a.* Spiritual. *Daoine s., fairies; bean-sh., a familiar spirit.* [Leannan-*s.* is given in the Bible for the power of bringing the spirit of a dead person into one's presence, or witchcraft; its colloquial meaning is, a fairy sweetheart.]
- síth, -ean, *s.m.* Stride, long quick pace. 2 Onset, dart to. 3 Shock. 4 Gnash. 5 Sudden attempt to grasp or bite. 6 Span, quint—*Sár Obair.* 7 Determined position in standing. *S. giomaich, s. rionnaich. s. ròin—tri síthean na muire móire, rush of lobster, rush of mackerel, rush of seal—the three rushes of the ocean; s. nan cop corn-dhubh, the shock of round black bosses.* [*s.f.*]
- síth-aigean,** -aigne, *s. f.* Mind disposed to peace, tranquil mind.
- tach,** *a.* Disposed to peace, peaceable, tranquil in mind.
- achd, *s.f.* Placability.
- síth-aigheach, -eiche, *a.* Peaceable, conciliatory.
- síthain,** see síthean.
- síthamh,** see síth-thamh.
- síth-bheath,** *s.f.* Immortality.
- síth-bheo,** *a.* Eternal, immortal. 2 Perennial. *Pláran s., a perennial flower.*
- síth-bhollair,** -ean, *s.m.* Herald, one who proclaims peace.
- eachd,** *s.f.* Proclaiming of peace, office of a herald of peace.
- síth-bhreitheamh, -eimh, -an, *s.m.* Justice of the peace.
- síth-bhriseach, -ich, -ichean, *s.m.* Rebel.
- síth-bhriseach,** *a.* Peace-breaking, riotous, rebellious.
- síth-bhriseadh,** -idh, *s.m.* Disturbance, rebellion.
- síth-bhrog, see síth-bhrugh.
- síth-bhrugh, -a, -uighean & -ughan, *s.m.* Fairy hill or mansion.
- ach, *a.* Abounding in fairy-hills.
- síth-bhruth, see síth-bhrugh.
- síth-bhruthach, see síth-bhrugh.
- síth-bhuan,** *a.* Eternal, immortal. 2 Perennial, perennial.
- lachd, *s.f.* Eternity, immortality.
- síthchail, see sítheil.
- síth-chainut,** *s.f.* Salutation. 2 Words of peace, peaceful language.
- each, *a.* Saluting. 2 Speaking peacefully.
- síthche, -an, *s.m.* see síthich.
- an, *pl.* of síthich.
- síth-cheangail,** *v.a.* Join in a confederacy. 2 Bind over to keep the peace.
- síth-cheanglach,** *a.* Confederative. 2 Binding over to keep the peace.
- síth-cheangladh,** -aidh, *s.m.* Confederation. 2 Binding over to keep the peace.
- síth-cheanglaiche,** -an, *s.m.* One of a confederacy. 2 One who binds over to keep the peace.
- síth-choimheadaiche,** *s.m.* Constable, one who keeps the peace.
- síth-dheanadach, -aiche, *a.* Pacific.
- síth-dhuine, *pl.* -dhaoiné, *s.m.* Fairy.
- síth-dhúin,** *s.m.* Fairy knoll.
- sítheach,* -eich, *s.m.* Male fairy—*Argyll.*
- sítheach, -eiche, *a.* Making long and quick strides or paces. 2 Rushing impetuously. 3 Making a sudden assault.
- sítheach, *a.* see sítheil.
- sítheachadh, -aidh, *s.m.* Pacifying, act of pacifying. *A' s—, pr.pt. of síthich.*
- sítheadair, -ean, *s.m.* Pacifier.
- sítheadh, -idh, -idhean, *s.m.* Force, impetuosity. 2 Violent attack or onset. 3 Rush or shoot of fish. 4**Bending, sloping, declining. 5†† Stride.
- sítheag, *s.f.* Female fairy.
- sítheag, (DMK) *s.f.* Core of rushes used as a wick in a cruise-gan—*W. Highlands.*
- sítheal,** -an, *s. m.* Trowel. 2 Drinking-cup. 3 Body.
- síthealachd, *s.f. ind.* Peacefulness, amity.
- síthean, -ein, -an, *s.m.* Little hill or knoll. 2 Fairy hill. 3 rarely, Big rounded hill. *S. mullach a' chinn, the crown or very top of the head where the hair parts.*
- ach, -aiche, *a.* Abounding in little hills or knolls. 2 Fairy. 3 see síthionnach.
- síthean-as-nach-cinn, *s.m.* First year's growth of the foxglove—*Colonsay.*
- sítheann, see síthionn.
- ach, see síthionnach.
- sítheil, -e, *a.* Peaceful, tranquil, silent. 2(AH) Charmed, fairy-like. *Tha falbh s. aig tiodhlacadh daonnan, a funeral always has a w-ird or fairy-like mode of progression. S. in this connection does not mean peaceful in the ordinary sense but rather enchanted—AH.*
- síthfean, (DMK) *s.m.* Infinitesimal quantity. 2 (DU) Thing of little value. *Cha chuir mi s. a dhuibhras eatorra, I cannot see a particle of difference between them—West coast of Ross.*
- síth-fhad,** *a.* Long-limbed. 2 Striding. 3 Bounding. 4 Prancing.
- ,** *s.m.* Long stride. 2 Bound. 3 Prance. 4 Name of one of Cuchullin's chariot horses. [síth-fhada.]
- síth-fhear,** -fhair, *s.m.* Strong man.
- síth-ghaoth, -ghaoithe, *s.f.* Whirlwind.
- síth-ghlic,** *a.* Politic, cunning.
- síth-ghliocas,** -ais, *s.m.* Policy, cunning, artfulness.
- síthich, *pr.pt. a'* sítheachadh, *v. a.* Pacify, be calm, quiet, ally, agree, reconcile. 2 Grow calm, grow pacified, grow reconciled.
- síthich,** -ean, *s.m.* Fairy, elf.
- The síthich is the most active sprite of Highland mythology. It is a dexterous child stealer and is particularly intrusive on women in travail. At births many covert and cunning ceremonies are still used to baffle the fairies' power; otherwise, the new-born infant would be taken off to fairy-land, and a withered brat laid in its stead. They are wantonly mischievous, and have weapons peculiar to themselves, which operate no good to those at whom they are shot. A clergyman of the kirk, who wrote concerning fairyland about the end of the 17th. century, says of these weapons that "they are solid earthy bodies, nothing of iron, but much of stone, like to a yellow soft flint spur, shaped like a barbed arrow-head, but flung like a dart with great force—**."
- síthiche, †† -an, *s.m.* Fairy.
- ach, †† *a.* Fairy-like.
- síthichte, *past pt. of síthich, Pacified, reconciled.*

Quieted. 2 Pleased—*Caithness*.
 sithonn, -inn & ithne, *s.f.* Venison. 2 Flesh of rabbits, hares or poultry.
 —ach, -aiche, *a.* Abounding in venison. 2 Like venison.
 sith-mhaor, -mhaoir, -an, *s.m.* Herald. 2 Constable, policeman. 2**Watch.
 —sainneachd, ** *s.f. ind.* Jurisdiction of a constable.
 sithne, *gen. sing.* of sithionn & sitheann.
 sithneachan, *n.pl.* of sithne.
 sithne, see sine.
 —ach, see sineach.
 —an, *n.pl.* of sithne.
 sith-shaimh, -e, *s.f.* Peace, peacefulness, quiet, tranquillity.
 —each, -eiche, *a.* Tranquil, peaceful.
 sith-sheirc, ** *s.f.* Constant affection.
 —oil, ** *a.* Constantly affectionate.
 sithte, *a.* Glad, pleased, contented. *Tha mi ro sh. dheth sin, I am very glad of that—Suth 'd.*
 sith-thamh, †† -e, *s.f.* Tranquility, peaceful rest. 2 Supineness.
 —ach, †† *a.* Tranquil.
 —achd, ** *s.f.* Enjoyment of peaceful rest or sound repose.
 sitig, -e, -ean, *s.f.* Rafter laid across the part of a kiln on which corn is kiln-dried. 2**Dung-hill. Saighdear-sitig, *a dunghill soldier, a fireside warrior—a term applied contemptuously to holiday soldiers.*
 sitin, see siteag.
 —each, see siteagach.
 sitinn, -e, -ean, see sitig.
 sitir, -e, *s.f.* Bray, neighing of a horse.
 sitir, * *v.n.* Neigh, as a horse.
 sitreach, see sitreach.
 sitreun, see s'girean.
 sitirich, see sitirich.
 sitreach, -eiche, *a.* Neighing.
 sitirich, *v.n.* Bray, neigh, as a horse. 2 Sneeze.
 —, *s.f. ind.* Neighing of a horse, continuous neighing. 2 Act of neighing. 3 Sneezing. 4 Tittering.
 sit-sit ! *int.* Hush !
 —e, -an, *s.m.* Brayer.
 sitta, † *s.* Shittah tree—*acacia seyal*.
 siu, see seo.
 siubhad, (DU) *v.* Equivalent to *imp.* of siubhal. The only part in use—*Gairloch*.
 siubhail, *pr.pt.* a' siubhal, *v. a. & n.* Go, move, walk, stroll. 2 Depart, set off. 3 Fly, vanish. 4 Die. 5 Pass over, traverse. 6**Search. 7 March. Siùbhlaidh sinn le 'n anam do 'n àraich, *we shall accompany their souls to the battlefield*; sh. mi am baile, *I traversed the whole town*; siùbhlaidh sinn gu léir, *we shall all die*; siùbhlaidh an t-saighhead, *the arrow shall fly*.
 siubhal, -ail, *pl.* siùbhlaichean, *s.m.* Moving, act of moving or walking. 2 Departing, act of departing. 3 Dying, act or state of dying. 4 Traversing, act of traversing or travelling. 5 Motion, progress. 6 March, journey. 7 Turn, course. 8 Certain part of a tune, see *ceòl mòr*, in appendix. 9 Ruin, extinction, destruction. 10 Dysentery, diarrhoea. 11**Searching. 12 Driving, as a cart. 13 Flight. 14**Swiftness. 15 Travail. A' s—, *pr.pt.* of siubhal.
 A' siubhal a' bhaille, *traversing the town*; tha e a' siubhal, *he is dying*; seo mo sh.-sa, *this is my turn*; marsantan-siubhail, *travellers*; tha i air sh., *she is salacious*; air an t-s. seo, *at this time*; s. eile, *at another time*; bithidh fios do sheud 's do shiubhail agam-sa, *I will know the object of your journey*; s. a chaidh

mi do 'n Ghalltachd, *a journey — took to the Lowlands*; an dubh-siùbhlach, *the street-walker*; air gach s., *at every trip*; bean-siùbhla, *a woman in child-bed*; luidhe-siùbhlach, *confinement at or before child-bed*; tha s. sith aig bàta-tòrraidh, *a funeral-barge aye gets a quiet sea—as in many other matters, so here, the exception may be said to prove the rule, for there have been plenty of instances where funeral-barges have been overturned by the elements, and the corpses of mourned and mourners have been recovered together*. S-fola, *a bloody-flux*; biadh-siubhail, *provision for a journey*; tha e a' siubhal gu dian, *he driveth furiously*.
 siubhalach, see siùbhlach.
 siubhalaiche, ** *s.m.* Traveller, wayfaring man.
 2 Pedestrian. 3 Stroller.
 siubháltair, *s.m.* Perambulator.
 †siubhas, *adv.* Before.
 siùbhla, see luighe-siùbhla.
 siubhlach, -aich, -aichean, *s.m. & f.* Vagrant man or woman.
 †siubhios, *adv.* Before.
 siùbhlach, -aiche, *a.* Swift, speedy. 2 Nimble. 3 Fleeting, speeding, passing away. 4 Wandering, fond of wandering, ambulatory. 5 Restless, transient. 6 Fluent. 7 Traversing. 8 Travelling, moving. 9 Migrating, fitting. 10 Departing. Aighean s., *restless deer*.
 siùbhlachadh, (MS) *s.m.* Acceleration.
 siùbhlachail, -e, *a.* Locomotive.
 siùbhlachan, -ain, -an, *s.m.* Traveller, one fond of travelling or wandering. 2 Stream, rivulet.
 siùbhlachas, -ais, *s.m.* Swiftness, speediness, speed. 2 Nimbleness. 3 Habit of travelling or wandering. 4 Pedestrianism. 5 Fluency.
 siùbhlachd, *s.f. ind.* see siùbhlachas. 2 Continued travelling, moving or fitting. 3 Restlessness. 4 Transientness.
 siùbhladh, -aidh, *s.m.* Ambulation, travelling, departure, motion. 2 Death. 3 Looseness of the bowels.
 siùbhlaiche, see siubhalaiche.
 siùbhlaichean, *pl.* of siubhal.
 siùbhlaideach, -eiche, *a.* see siùbhlach.
 —d, *s.f.* see siùbhlachas.
 siuc ! *int.* Word by which horses are called. 2 Away, begone, disperse—*Sìon-Obsair*.
 siuc, -a, *a.* Dry, parched. 2 Scorched. (for sioc.)
 siucain, (MMcD) see sureain.
 siùcar, -air, *s.m.* Sugar. 8 pronn, *moist sugar*; s. candaidh, *candied sugar*; s. dubh, *liquorice*; s. geal, *white sugar*.
 —ach, -aiche, *a.* Abounding in sugar. 2 Like sugar, sugary, saccharine, sweet.
 siuch, * *s.m.* Drain, sewer.
 siuchag, (AH) *s.f.* Small patch of smooth green sward amid rough heathery ground.
 siùd, *pr.pt.* a' siùdadh, *v. a.* Swing, rock to sleep, dandle. 2 Fondle. 3 Fall to.
 siùdadh, -aidh, *s.m.* Swinging, act of swinging, vibrating or rocking. A' *pr.pt.* of siùd.
 siùdadh, * *s.m.* Commencement.
 siùdagain, *v. a.* see siùd.
 siùdagan, *s.m. & pr.pt.* see siùdan.
 —ach, -aiche, *a.* see siùdanach.
 siùdan, *pr.pt.* a' siùdan, *v. a.* Same meanings as siùd.
 —, *gen. sing.* of siùdan.
 siùdan, -ain, -au, *s.m.* Swinging, rocking, vibrating. 2 Swing. 3 Oscillation. 4**Any instrument for swinging or rocking on. A' s—, *pr.pt.* of siùdan. A' s. a nunn 's a nall, *oscillating this way and that way*; ri s. vibrating, *swinging*; slat shiùdain, *a pendulum*.
 siùdanach, -aiche, *a.* Swinging, rocking, oscil-

lating, vibrating, dandling. 2 Fond of swinging, tossing or dandling.

siùdanachadh, ** -aidh, *s. m.* Swinging, tossing, dandling, rocking.

siùdanachd, ** *s. f.* Jactation, nuzzling, rocking, swinging, dandling, amusement of swinging.

siùdanadh, (DU) *s. m.* Act of swinging or rocking to sleep—*Gairloch*.

siùdanaich, see siùdain.

siug ! *int.* Mode of calling hens. 2† Call to drive away hens. 3 (AH) In *N. Argyll*, mode of driving away hens, *ding* being the *int.* used to call them towards one.

siùil, *gen. sing.* & *n. pl.* of seòl (sail.)

†siuir, *s. f.* Sister.

siuilbhor, see suilbhear.

siulpàn, *s. m.* Short stout stick. 2 Policeman's baton—*Suth'd.* (siolpàn) 3 (DU) Short thick stick used for threshing corn. 4 (DU) The part of a flail that strikes the corn.

siunrag, see seanrag.

siunan, ** -ain, *s. m.* Vessel made of straw to hold meal.

siunas, -ais, see sunais.

siunn, see sionn.

siunnachan, see sionnachan.

siunnailt, *s. f.* Likeness, comparison, resemblance—*Sàr-Obair*.

†siunsa, *s. m.* Sense.

siunsaireachd, ** *s. f.* see seannsaireachd.

siunnsar, -air, -ean, *s. m.* see seannsaire.

—ach, -aiche, *a.* see seannsaireach.

siup, -a, -an, *s. m.* Tail, appendage.

siupach, -aiche, *a.* Having a foolish tail or appendage.

siurdan, ** *v. n.* Rattle, rustle, make a noise.

siurdan, ** -ain, *s. m.* Tattle. 2 Rattling noise. 3 Rustling noise.

siurdanach, ** *a.* Rattling. 2 Noisy. 3 Rustling.

—d, ** *s. f.* Continued rattling or rustling.

siurdanadh, ** -aidh, *s. m.* Rattling, rustling, rattling or rustling noise.

siùrra feamainn, *s.* Wrack along the water-mark, mistranslated "seaweed seekers" in *W. H. Tales*.

siùrran, ** -ain, *s. m.* Giddiness. 2 Drunkenness. 3 Watery mist.

siùrsach, -aich, -aichean, *s. f.* Whore, strumpet.

siùrsachail, -e, *a.* Unchaste, whorish.

siùrsachalachd, *s. f. ind.* Unchasteness.

siùrsachd, *s. f. ind.* Whoredom, prostitution.

siùrsach, *gen. sing.* of siùrsach.

siùrsaiche, (MS) *s. m.* Belswagger, debauchee.

siùrsaichean, *n. pl.* of siùrsach.

siùrsaidheachd, see siùrsachd.

siùrsair, * -ean, *s. m.* Whoremonger.

siùrtach, -aich, -aichean, *s. f.* see siùrsach.

siùrtachail, ** *a.* Whorish.

siùrtachd, ** see siùrsachd.

siùrtaich, *gen. sing.* of siùrtach.

siùrtaichean, *n. pl.* of siùrtach.

siùrtag, ** -aig, see siùrdag.

siùrtagach, see siùrdagach.

siùsan, ** -ain, *s. m.* Humming noise. 2 Buzz, buzzing. 3 Whisper.

siùsanach, ** *a.* Humming. 2 Whispering.

siùsanadh, ** -aidh, *s. m.* Humming, hum. 2 Whispering, whisper.

siùsarnadh, -aidh, see siùsanachd.

siùsarnaich, *s. f.* Whispering.

siutach, (DMY) *a.* Thief.

siutair, (DMY) *s. m.* Thief.

siuthad, *v. def.* Say away, begin, go on, help yourself. *Pl.* siuthadaibh, only used in 2nd. *pers. pl. imp.*

siuthadadh, * -aidh, *s. m.* Commencement.

siuthadaibh, *v. def.* Say ye.

slàbag, ** -aig, -an, *s. f.* Slut, slattern.

slàbair, ** -ean, *s. m.* Sloven, draggler. ? One who works among mire.

slàbairachd, ** *s. f.* Slovenliness. 2 Working amongst mud or mire. 3 Miriness.

slàban, ** -ain, *s. m.* Sloven, draggler.

—ach, ** *a.* Slovenly, dirty. 2 Miry.

slabhacan, see slabhagan.

slabhag, -aig, -an, *s. f.* Horn-pith. 2 Socket of horn. 3 Tenderling, deer's first horn.

slabhagan, -ain, *s. m.* Kind of reddish seaweed, an article of food formerly cooked till it dissolved, when it was eaten with bread and butter. see slòcan. [McL & D gives slabhgan.]

slabhaig, see slaoic.

slabhaigeadh, (CR) *s. m.* Beaten eggs spread on oatcake before it is turned in firing. This is done when the cake is to be used as provision on a journey, and prevents it from crumbling—*W. of Ross-shire* The cake thus treated is "aran slabhaigdh," (*Gairloch*) but is applied to cakes that have not been spread over with egg—DU.

slabhar, ** *a.* Narrow.

slabhartaich, *v. a.* Slap.

slabhcar, † -air, *s. m.* Slouching fellow. 2 Taunter. 3 Spiritless fellow—*Suth'd.*

slabhraich, *v. a.* Shackle.

slabhraidair, * -ean, *s. m.* Chair-maker.

slabhraidh, -e [& slabhre] -aidhean, *s. f.* Chain. 2 Pot-hanger. 3 (AF) Cattle, herds. *Tinne* na slabhraidh, *a link of the chain*; *s. òir a gold chain*; has na slabhraidh, *the pot-hook*.

slabhraidheachd, -eiche, *a.* Furnished with chains. 2 Of chains.

slabhruidh, see slabhraidh.

slac, *v. a.* Thrash, beat with a mallet. 2 Dash against. 3 Cane, drub. 4 Bang. 5 Bruise. 6 Strike with a batlet. 7 Maul.

slac, *s. m.* Mallet.

slachdach, ** *a.* Prone or inclined to beat, thrash, maul or bruise.

slacadaich, (DU) *s. f.* Sound made by beating with a heavy body.

slacadh, -aidh, *s. m.* Thrashing, act of thrashing or beating, as with a mallet. 2 Dashing, act of dashing against. 3 Bruising. 4 Slaughtering, act of slaughtering. *A's—, pr. pl.* of slac.

slacaich, *v. a.* see slac.

slacainn, ** *v. n.* Beat, maul, bruise, thrash.

slacainn, *v. a.* see slac.

—, *s.* see slacadh.

slacainn, *s. f.* Beating, thrashing, mauling, bruising. *Fhuair e s. a, he received a thrashing*; *thoir a dhean sh. dha, give him a good thrashing*.

slacair, ** *v. a.* see slacainn.

slacair, -ean, *s. m.* Thrasher, one that beats with a mallet or beetle. 2 Slaughterer. 3 Bruiser.

slacaireachd, *s. f. ind.* Thrashing, beating, noise of hard labour. 2 Constant dashing of one thing against another. 3 Slaughtering. 4** Business of slaughtering. 5 Bruising. 6 Buffeting. 7 Striking with a batlet.

slacairt, ** *s. f.* Beating, thrashing, bruising, mauling.

slacan, -ain, -an, *s. m.* Beetle, mallet for washing clothes or fulling cloth. 2 Impediment, drawback. 3 Brake of a cycle. 4 Block of wood, or any weight tied to an animal to prevent its escape. 5 Bat, as for cricket, rounders, &c. 7† Club. *S.-druidheachd, a*

magic wand.
 slacan, *s.m.* Circular depression, like a kiln.
 slacanaich, *v.a.* see slac. 2 *s.* see slacaireachd.
 slacan-bàta, *s.pl.* Davits of a boat. (No 16, p.76.)
 slacan-craigeir, *s.m.* Cricket-bat.
 slacarsaich, *s.f.* Battery. 2 Beating, thrashing, mauling, buffeting. 3 Continued beating or thrashing. 4 Beating with a batlet.
 slachd, see slac.
 slachdach, see slacach.
 slachdaich, *v.* see slac.
 slachdair, see slacair.
 slachdairt, see slacairt.
 slachdan, see slacan.
 slachdanaich, see slacanaich.
 slachdraich, see slacraich.
 slachduinn, see slacainn.
 slacran, -ain, *s.m.* Battering-ram.
 slacraich, -e, *s.f.* Maul. 2††Beating, thrashing. 3††Noise of beating, or ponderous hammering. 4††Buffeting. Buidh lach churrauna slacraich bhais 'nuair 'bu trod 'bu bheus doibh. *stout heroes would give death-dealing blows when scolding was their frame of mind—Duan-aire, 193.*
 slacta, *past pt.* of slac. Beaten with a mallet or beetle. 2 Dashed against. 3 Slaughtered.
 slacunn, see slacainn.
 slad, -aid, *s.m.* Theft, robbery. 2 Plunder, booty. 3* Havoc, carnage. 'S iad a rinn an s. ! *what havoc they have made!* 's ann an sin a bha an s.; *that was the awful place for carnage!* ceal-shlad, *sacrilige.*
 slad, *v.a.* Steal, rob, plunder. 2 Fag, cause to fag, deprive of strength. 3†† Pomnel. Sh. sinn seachad iad, *that made them fag, it pulled on their stomach;* sh. e mo chli bhuam, *it deprived me of my strength.*
 sladach, -aiche, *a.* Robbing, plundering, thievery.
 sladachd, *s.f. ind.* Theft, robbery, plunder, thievery. Gun dad s., *without any theft.*
 sladadh, -aidh, *s.m.* Stealing, act of stealing, robbery, pillaging, theft. A' s—, *pr. pt.* of slad.
 sladaiche, -an, *s.m.* Robber, plunderer, thief.
 sladaidheachd, see sladachd.
 sladaig, (air) (CR) *v.n.* Working hard at, going at it—*Perthshire.*
 sladair, -ean, *s.m.* see sladaiche.
 sladairachd, *s.f.* Thievishness, robbery, plundering. Ceal-sh., *sacreligiousness.*
 sladhag, -aig, -an, *s.f.* Sheaf of straw prepared for thatching, sheaf of drawn straw. 2††Sheaf of corn ready to be threshed. 3 (DC) Keratin, outer sheath of the horn of an ox, sheep, &c.
 slad-mharbh, see slat-mhort.
 slad-mharbhadh, -aidh, *s.m.* see slad-mhortadh.
 slad-mhorreachd, ** *s.f.* Thievishness, robbery.
 slad-mhort, *v.a.* Rob and murder on the highway.
 2 Murder in order to conceal a robbery.
 slad-mhortadh, ** -aidh, *s.m.* Robbery and murder.
 slad-mhortair, -ean, *s.m.* Robber and murderer, one who commits murder to effect or conceal a robbery.
 slad-mhurt, see slad-mhort.
 slad-mhurtadh, see slad-mhortadh.
 slad-mhurtair, see slad-mhortair.
 slada, *past pt.* of slad. Robbed, stolen, plundered. see slaidte.
 slaisaig, *s.* Loosely-built person.
 slag, ** -aig, *s.f.* Spoonful of any inspissated substance, as porridge. 2 Flummery.
 slagan, (CR) -ain, *s.m.* see slaman. 2 Cup-shaped interior of a kiln.
 slagan cùl a' chinn, (DMY) *s.m.* Hollow at the back of one's head—*Lewis, Gairloch, &c.* for

lagan cùl a' chinn.
 slaib, -e, *s.f.* Mire, sediment of water, filth, dirt.
 2 Mire by the side of a stream.
 slaibeach, -eiche, *a.* Mire, filthy, dirty. 2 Puddling in mire, dragging.
 slaibear, ** -eir, *s.m.* Dirty fellow, draggler. 2 One who works in mire or mud.
 slaibearachd, ** *s.f.* Dragging.
 slaibeil, -e, *a.* see slaibeach.
 sla'bhre, see slabraidh. †2 *s.f.* Purchase.
 slaibhreas, ** -eis, *s.m.* Chains. 2 Servitude, bondage. 3 State of being in chains.
 slaic, *v.* see slac.
 slaicinn, * *v.* see slac.
 slaid, -e, -ean, *s.f.* Munificent gift or present. 2 Booty. 3 Theft, robbery.
 slaid, see slat.
 slaidach, see sladach.
 slaidheadh, *s.m.* Depredation.
 slaidhear, -ir, -an, *s.m.* Robber, thief, plunderer, defrauder.
 slaidhearachd, see sladachd.
 slaidse, ** Gaelic spelling of *slash.*
 —ach, ** *a.* Slashing, lashing, whipping.
 —anta, ** *a.* Stout, robust.
 —arachd, ** *s.f.* Lashing, whipping.
 slaidte, *past pt.* of slaid. Stolen, robbed, plundered.
 slaighdean, ** -ein, *s.m.* Cold, cough.
 slaighre, ** -richean, *s.f.* Sword, scimitar.
 slaight, -e, *s.f.* Roguery, villainy, knavery.
 slaight, * *v.n.* Sneak or steal by. Sh. e seachad, *he sneaked by.*
 slaightear, -ir, -an, *s.m.* Rogue, rascal, knave, blackguard.
 —ach, -aiche, *a.* Knavish, roguish.
 —achd, *s.f. ind.* Roguery, dishonesty, thievery, faithlessness, villainy, sneaking.
 slaighteil, * -e, *a.* Roguish, knavish, sneakyish.
 slaim, -e, *pl.* -ean & -eannan, *s.f.* Great booty, plunder, much booty. 2 Heap. 3† Riches.
 slaimeach, *a.* Having prey or booty. 2 Of prey or booty. 3 In heaps.
 slaimean, ** -ein, *s.m.* Dirty person.
 slàine, *comp.* of slàn. More or most healthy.
 —, *s.f.* Wholeness, entireness. 2 Convalescence.
 —ad, ** -eid, *s.m.* see slàine, *s.f.*
 slàinte, see slainte.
 slàinte, *s.f. ind.* Health. 2 Salvation. 3 Toast, health. 4** Healing virtue. Agus 'nan s. do na cnàmhan, *and health to the bones;* chionn gu'n do dhi-chuimhich thu Dia, *do slàinte, because thou hast forgotten God thy salvation;* thoir dhuinn s., *give us a toast;* dh' òl sinn do dheoch-s., *we drank your health;* air do sh., *to your good health;* s. agad-sa, *thank you, the same to you;* s. leat, *(usually slàn leat) farewell;* thig mi thaobh mo sh., *I will come if I be well, if my health permit.* [††pl. -eachan.]
 —ach, -eiche, see slainteil.
 —achail, *a.* Healthsome.
 —alachd, *s.f.* Healthiness. 2 Benignity.
 —il, -e, *a.* Healthy, in good health. 2 Healthy, bringing health. 3 Benign. 4 see tath.
 slais, *v.a.* Gaelic form of *lash.* 2††Splice, as a rope.
 slais, * -e, -ean & -eachan, *s.f.* Great quantity or number. S. éis, *a great quantity of fish;* fhair iad s., *they got a great quantity;* s. air-gid, *a quantity of money.*
 slaiseadh, -idh, *s.m.* Lashing, act of lashing, whipping.
 2 Splicing, act of splicing. A' s—, *pr. pt.* of slais.
 slaisich, see slaisnich.
 —tu, see slaisite.

slaisneach, (MS) *s.m.* Lath.
 slaisnich, (MS) *v.a.* Lush, lath.
 slaiite, *past pt.* of slais.
 slait, ** *a.* Strong, robust.
 slam, ** *v.a.* Teaze, pluck or card wool.
 slam, -aim, -an, *s.m.* Lock of hair or wool, (in *N. Argyll*, tlam—*AH.*) 2 Sims. 3 Curds.
 slamach, -aiche, *a.* see slamanach. 2**Teaz'ing, plucking, as wool. 3 Carding. 4 In locks, as hair. 5 In flocks, as wool.
 ————adh, ** -aidh, *s.m.* Coalescence. 2 Teaz'ing wool (in *N. Argyll*, tlamadh—*AH.*)
 slamadh, (DU) *s.m.* Lull in a gale—*Gairloch*.
 slamag, -aig, -an, *s.f.* Little lock of hair. 2 Small flock of wool. 3 see slaman.
 ————ach, -aiche, *a.* Curled. 2 In small locks, as hair. 3 In little flocks, as wool. 4 see slamanach.
 slamagan, *s. pl.* Tresses—*MacMhaighstir Alasdair*.
 slamaich, ** *v.* Clot, curdle.
 ————te, *past pt.* Clotted.
 slamair, ** *s.m.* One who eats voraciously.
 slaman, -ain, *s.m.* Curdled milk. 2 Any flabby substance.
 ————ach, -aiche, *a.* Flabby. 2 Abounding in or like curdled milk. 3 Lentous, mucous, clotty. 4 Producing curds.
 slamanachd, ** *s.f.* State of being curdled. 2 Coagulation. 3 Tendency to coagulate.
 ————aich, *v.a.* Curdle.
 ————ceathaich, ** *s.m.* Light dry mist. 2 Stratus cloud, fall cloud.
 ————mills, *s.m.* Jelly.
 ————tath, *s.m.* Glue.
 slamb, * see slaman-mills.
 slamban, * -ain, *s.m.* see slaman.
 ————ach, see slamanach.
 ————achd, ** see slamanachd.
 slambach, ** -aich, *s.f.* Frothstick, instrument for frothing cream.
 slambagan, see slabhagan.
 slambagan, ** *s.pl.* Locks of hair or wool.
 slamban, † *s.m.* Elm, see leamhaun.
 ————, -ain, *s.m.* Mucilage.
 ————ach, -aiche, *a.* Mucilaginous. 2 see slamanach. 3 Abounding in elms. 4 Made of elm.
 ————achd, *s.f.* Mucilaginousness.
 slan, *s.m.* Defence, protection. 2 Garrison. *Sar-Obar*.
 slàn, -aine, *a.* Healthy, in good health. 2 Healed. 3 Sound. 4 Uninjured, unhurt. 5 Unbroken, whole.
 Am bheil thu s. ? are you in good health ?
 [thoir dhonn s. o, give it me whole ; s. leat ! farewell ! gu ma s. gu'n till thu, may you be well till you return ; an s. dhuit ? art thou well ? ; tha i gu s. fallain, she is perfectly well ; bighean bhòidheach, s. leibh ! ye pretty maids, farewell ! ; nighean nan òr-chleachd, an s. dhuit ? maiden of the golden locks, art thou well ? ; gu ma s. a chì mi thu, may I see you well ; gu s. fallain, safe and sound, in perfect health.
 †slan, ** -ain, *s.m.* Defence, challenge.
 †———ach, *a.* Defying, challenging. 2 Ready to defy or challenge. 3 Of a defiance or challenge.
 slànach, * -aiche, *a.* Convalescent. 2**Healing, curing, having a healing virtue, salubrious, salutary.
 slànachadh, ** -aidh, *s.m.* A' s—, *pr. pt.* of slàn-aich. see slànuchadh.
 slànachail, -e, *a.* Curative.
 slànach, -aidh, *s.m.* Healing, saving, salvation, security.
 slànaich, see slànuch.

slànaichear, see slànuchear.
 slànaichidh, see slànuchidh.
 slànichte, see slànuchite.
 slànighear, see slànuchighear.
 slàn-ic, see ic.



659. Slàn-lus.

slàn-lus, -luis, -an, *s.m.* Rib-wort—*p'antago lanceolata*. 2**Any medicinal herb. 3§ Self-heal, see dubhan ceann-chòsach. 4§ Garden-sage, see ath-ir-liath.
 ————ach, *a.* Abounding in rib-wort, or 2 in Medicinal herbs, or 3 in Self-heal, or 4 in Garden-sage.
 slànphairteach, *a.* Aliquot.
 slàn-reic, *s.* Wholesale.
 slàntachd, (MS) *s.f.* Solidity.
 slànuchadh, -aidh, *s.m.* Healing, act of healing, curing or remedying. 2 Saving, act of saving (in a spiritual sense). 3 Repairing, mending. 4 Growing whole. A' s—, *pr. pt.* of slànuch.
 slànuch, *pr. pt.* of slànuchadh, *v.a.* Heal. 2 Save (in a spiritual sense.) 3 Cure, remedy, make whole. 4 Grow whole. 5 Mend, repair.
 ————ear, *fut. pass.* of slànuch. Shall be healed.
 ————idh, *fut. aff. a.* of slànuch. Shall or will heal.
 ————te, *past pt.* of slànuch. Healed, cured.
 2 Saved (in a spiritual sense.) 3 Mended.
 slànuchighear, -ir, *s.m.* Healer. 2 Saviour (in a spiritual sense.) An Slànuchighear, the Saviour.
 slaobach, ** *a.* Dowdy.
 slaod, *pr. pt.* of sl'oadadh, *v.a.* Drag, haul, trail along the ground, draw. 2**Walk with a trailing gait.
 slaod, -aid, -an, *s.m.* Raft, float. 2 Sledge. 3 Trail, trailing burden. 4 Act of dragging along. 5 Clumsy, lazy person. 6**Solution. 7**Murder, slaughter. 8 Pulley, crane. 9† Lounging. 10†Large quantity.
 slaodach, (M'cD) *s.f.* Seaweed—*Lewis*, see feamainn dubh.
 ————, -aiche, *a.* Trailing, dragging, drawing, pulling. 3** Like a drag. 3 Like a raft or float. 4 Clumsy. 5 Lazy. 6 Ill-dressed, slovenly, untidy. 7 A'w'ard. 8 Having a sluggish gait. 9 Lounging.
 ————d, ** *s.f.* Awkwardness. 2†Drowsiness.
 slaodadh, -aidh, *s.m.* Dragging, act of dragging, trailing or hauling along. 3 Trailing burden. 3 Sledge, drag. 4 Sluggish gait. 4 Raft, float. A' s—, *pr. pt.* of slaod.
 slaodag, -aig, -an, *s.f.* Slut, slovenly woman. † (DU) Sledge.
 slaodaidhe, *s.f. ind.* Dragging, trailing, dragging. 2 Slovenliness.
 slaodail, -e, *a.* see slaodach.
 ————, ** *s.f.* Continued dragging, trailing or pulling. 2 Like a raft. 3 Like a drag.
 slaodair, -can, *s.m.* Lazy, awkward, slovenly

- fellow, untidy fellow, sluggish, lounge.
 —eachd, *s.f. ind.* Awkwardness, slovenliness, untidiness. 2 Laziness, sluggishness. 3 (MS) Backwardness. 4 (MS) Restiveness. 5 *sladair* eachd, see *sladair* eachd.
sladair, -ain, -an, *s.m.* Track or rut of a cart-wheel or sledge. 2 **Cold, cough. 3 **Little raft, little float. 4 **Little trailing burden, —, *n.pl.* of *sladair*.
sladair eachd, **aich*, *s.m.* Heavy fellow. 2 Slouching fellow.
sladair mheuraich, -aiche, *a.* Clumsy-fingered. *sladair* mheuraiche, *s.f. ind.* Clumsiness in fingering, as of a musical instrument.
sladair eachd, -aich, -aichean, *s.f.* Hinge. 2 **Foundation.
sladair eachd, -e, -ean, *s.f.* Continual trailing. 2 Mass of lumber or luggage. 3 *Great haul of fish.
sladair theine, ***s.m.* Wasting or consuming fire. 2 Great fire in which many persons were consumed.
sladair nighe, (AH) *s.m.* Raft.
sladair (CR) *s.f.* Large slice, as of bread—*Pertshire*. 2 Large piece. 3 (DC) Buttocks. Air a sh, *prons* on the ground.
 —, ***a.* Inverted. 2 Lying. 3 (AH) Uneven, crooked, unmatched, slouching to one side. Mart s, a cow having one horn extending in a different direction to the other; tha s air an fhear ud, that man has a slouching gait.
sladair eachd, see *sladair*.
sladair eachd, 2 *gen. sing.* of *sladair*.
sladair eachd, see *sladair*.
 —il, see *sladair* eachd.
sladair eachd, see *sladair* eachd.
sladair eachd, see *sladair* eachd.
sladair eachd, -e, *s.f.* †Dross, refuse of metal. 2 **Dirt, filth.
sladair eachd, ***aich*, *s.m.* Tragedy.
sladair eachd, ***s.m.* Tragedian.
sladair eachd, *pr. pt.* a' *sladair* padh, *v.a.* Parboil, simmer, boil slowly, as shell-fish for bait.
sladair eachd, -aich, *s.m.* Slovenliness, sluggishness.
sladair eachd, -aiche, *a.* Parboiled. 2 Trailing, drawing. 3 Lazy. 4 Awkward. 5 Slovenly, sluggish, tawdry, untidy. 6 Unclean. 7 †† Dragging lazily.
 —d, *s.f.* Awkwardness. 2 Slovenliness, untidiness, tawdriness. 3 Uncleanliness.
sladair eachd, -aidh, *pr. pt.* Act of parboiling or simmering. A' s—, *pr. pt.* of *sladair*.
sladair eachd, *a.* see *sladair* eachd.
sladair eachd, -ean, *s.m.* Drawler. 2 Trailer. 3 Slovenly, sluggish, awkward, untidy fellow.
 —eachd, *s.f. ind.* Trailing. 2 Drawing. 3 Slovenliness. 4 Awkwardness. 5 Sluggishness.
sladair eachd, ***aich*, *s.m.* Dirt, dross. 2 see *sladair*.
sladair eachd, -ain, see *sladair*.
sladair eachd, **s.m.* Flap, flapping.
sladair eachd, *pr. pt.* a' *sladair* a' *sladair* padh, *v.a.* Flap, flog. A' *sladair* mu m' *chluisan*, *flapping* about my ears.
sladair eachd, *a.* Lukewarm. 2 Slovenly, sluttish. 3 see *sladair*.
sladair eachd, -ig, -an, *s.f.* Slut, drab, slattern.
 —ach, ***a.* Sluttish, drabish.
sladair eachd, **v.n.* Get flappish, get soft and pliant, as greens heated.
sladair eachd, **-o*, *s.f.* Flapping. A' s—, *pr. pt.* of *sladair*.
sladair eachd, -ean, *s.m.* Slovenly fellow. 2 Dangler. 3 Sluggard. 4 **One who works in mud.
 —eachd, *s.f. ind.* Slovenliness.
†*sladair* eachd, ***s.m.* Skirt, train of a long robe.
†—ach, *a.* Having a long skirt or train, as a robe.
†—aich, *s.f.* Din.
- slap*-chàl, **s.m.* Spinach, see *blainigean-gàraidh*.
slap-chàl, -e, *s.f.* Din, noise. 2 Sound of tramp-ling, as of men or horses.
slap-chàl, ***a.* Envy, invidious. 2 Having a grudge.
 —d, ***s.f.* Envy, grudge.
slap-chàl, -ait, -an, *s.f.* Any rod or twig. 2 Switch, wand. 3 Yard in length. 4 Yard to measure with. 5 Handle-bar of a cycle. 6 Stay of a plough. 7 ***Penis*. Thog e an t-slat, *he lifted the rod*; s. air fad, a yard long; s. ghlas de'n chrithreach, a green rod of aspen; eadar an t-sùbh 's an t-slat, between the bark and the tree.
slap-chàl, -aiche, *a.* Abounding in rods or twigs. 2 Like a rod. 3 Straight, erect. 4 Stately, tall. 5 Branchy, branching, sprouting. 6 Pliant, as a switch. 7 In rods or wands. 8 In switches. Na fùrain sh., the pliant tendrils.
slap-chàl, -aig, -an, *s.f.*, *dim.* of *slat*. Small rod, twig, wand or switch. 2 Chat (of brushwood.)
 —ach, -aiche, *a.* Abounding in small rods, twigs, tendrils, wands or switches. 2 Like a small rod.
slap-chàl, ***a.* Amorous. 2 ***Goatfish*. 3 Tall, stately, straight, upright. 4 Limber.
 —eachd, ***s.f.* Amorousness. 2 Uprightness, tallness, stateliness.
slap-chàl, **-ean*, *s.m.* Debauchee. 2 ***Amorist*.
slap-chàl, ***-ain*, *s.m.* Little rod, little wand.
 —, *n.pl.* of *slat*.
 —ta, ***a.* Flexible.
slap-chàl, ***a.* Straight, tall, upright.
slap-chàl, -bheòil, **s.f.* Gunwale, see *bata*, E 7, p. 73.
slap-chàl, -bhrodaidh, *s.f.* Goad.
slap-chàl, -bhrogaidh, ***s.f.* Goad.
slap-chàl, -bhuilg, *s.f.* Bilge-piece, see *bata*, F 8, p. 73.
slap-chàl, -draoidheachd, **s.f.* Mace, rod of office. 2 The magic wand of the folk-tales.
slap-chàl, -ghor, † *s.f.* Woody-nightshade, bitter-sweet, see *searbhag-mhìlis*.
slap-chàl, -ghreasaidh, †† *s.f.* Whip, goad.
slap-chàl, -gunna, †† *s.f.* Ram-rod of a gun.
slap-chàl, (AC) *s.f.* Handful of corn cut at one stroke of the reaping-hook.
slap-chàl, -iasgaich, ***s.f.* Fishing-rod.
slap-chàl, -iomain, **s.f.* Goad.
slap-chàl, -ladhrach, *s.f.* Gaff, see *bata*, H, p. 73.
slap-chàl, -leòid, *s.f.* Temple, stretcher, in weaving.
slap-chàl, -mhara, -ait- & -aite, *pl.* *slatan-mara*, *s.f.* Sea-oak, oak-wood, tangles, see *stamh*. 2 †† Large grey tangle.
slap-chàl, -mharaeachd, **s.f.* Rider's whip or switch.
slap-chàl, -òir, (an t-s—) *s.f.* Golden-rod—*Colony*.
slap-chàl, -rèil, *s.f.* Astrolabe.
slap-chàl, -rioghaidh, **s.f.* Sceptre.
slap-chàl, -sgùrsuidh, ***-an*, *s.f.* Lash, scourge, cat-o'-nine-tails, [These names in English are applied only to instruments of hemp or leather, but *slat* is essentially one of wood.]
slap-chàl, -sgòid, (AI) *s.f.* Boom of a ship.
slap-chàl, -shùil, *s.f.* Sail-yard-gaff, see *bata*, H, p. 73.
slap-chàl, -shuaicheanais, *s.f.* Sceptre, mace. 2 Flag-staff, banner-staff.
slap-chàl, -thombais, *s.f.* Wand, yard-measure ell-measure. 2 ** Any rod used for making lineal measurements. 3 Pole. 4 The three brilliant stars popularly known as "Orion's belt," [preceded by the article *an t*.] 5 (DU) Centipede, *pròb*.
slap-chàl, -air, -an, *s.m.* see *slabhcar*.
slap-chàl, *Bad-noch* for *leac*.
slap-chàl, see *sluchd*.
†*slap*-chàl, ***v.a.* Cut, dissect, lance, scarify.
†—adh, ***-aidh*, *s.m.* Cutting, dissecting, lancing, scarifying. 2 (MS) Obedience.
slap-chàl, (AI) *s.f.* State of listing very much to one side as a sailing-boat in a stiff breeze. The

s. bràgh orra, *she has a fine list.*
 sleag, *v.a.* Sneak, drawl.
 —ach, ** *a.* Sneaking, drawing.
 —adh, ** -aidh, *s.m.* Sneaking, drawing.
 sleablag, (AC) -aig, -an, *s.f.* Kind of mattock for digging up carrots and roots of plants used in tanning and dyeing.
 sleagair, ** -ean, *s.m.* Sneaking fellow. 2 Drawler.
 —eachd, ** *s.f.* Habit of sneaking. 2 Behaviour of a sneaking fellow. 3 Drawing.
 sleagan, ** -ain, *s.m.* A shell.
 sleagh, -a [& sleigh **] *pl.* -an [& sléigh,] *s.f.* Spear, lance, javelin. Bhitheadh ur sleaghan mar theachdairean a' bhàis, *let your spears be as the messengers of death; thog sinn sleaghan, we lifted spears.*
 —ach, -aiche, *a.* Of or resembling a spear or lance. 2 Armed with a spear, lance or dart.
 sleaghadair, see sleaghair.
 —eachd, *s.f. ind.* Tournament.
 sleaghair, * -ean, *s.m.* Spearman, lancer. 2 (DC) Lazy busybody, one given to frequenting houses.
 —eachd, ** *s.f.* Shooting with a spear, spearing. 2 Fighting with spears.
 sleaghag, (MMcL) *s.f.* The stick used for stirring the grain when in a large pot before the fire after having been cleaned from the husks, before being sifted previous to grinding in the brà.—*Leuis.* 2 (DMY) Pointed instrument for digging. 3 Little spear. 4 (DMY) Pot-stick to stir potatoes, also for planting potatoes in newly reclaimed soil.
 sleaghaich, (MS) *v.a.* Indart.
 sleaghan, -ain, *s.m.* Kind of turf-spade, spade, instrument for digging. 2 Little spear.
 sleaghan, *n.pl.* of sleagh.
 sleamachd, see sliomachd.
 sleamcaire, (MS) *s.m.* Dangler.
 sleamhain, -mhna, see sleamhuinn.
 sleamhan, ** -ain, see leamhan.
 —ach, see leamhanach.
 sleamhna, *comp.* of sleamhuinn.
 sleamhuachadh, -aidh, *s.m.* Slipping, act of slipping, sliding. 2 Slipperiness. 3 Gliding. 4 Retrograding, getting worse. A' s—, *pr. pt.* of sleamhnaich. Cùl-s, *backsliding.*
 sleamhachd, *s.f.* Slipperiness. 2 Smoothness.
 sleamhnad, -aid, *s.m.* Degree of slipperiness. 2 Degree of smoothness.
 sleamhnagan, see sleamhnan.
 sleamhnaich, *pr. pt.* a' sleamhachadh, *v.n.* Slip, slide. 2 Make slippery. 3 Make smooth. 4 Glide, move imperceptibly.
 sleamhnan, -ain, -an, *s.m.* Any slippery substance. 2 Sneaking fellow. 3 Piece of ice on which to slide. 4 Mucus, saliva. 5 Stye, inflammation of the eyes, *prov.*
 sleamhachd, (AC) *s.f.* Exorcism of a stye.
 sleamhuachadh, see sleamhachadh.
 sleamhuich, see sleamhnaich.
 sleambragan, see sleamhnan.
 sleambran, see sleamhnan.
 sleamhuinn, sleamhna, *a.* Slippery. 2 Smooth.
 sleant, ** *s.m.* Tile.
 sleantach, ** *s.m.* Flake. 2 Slice.
 tsleas, sleis, *s.m.* Mark, sign. 2 Ridge. 3 see slios.
 sleast, ** *v.a.* Smear, bedaub, bespawl.
 sleaslach, ** *a.* Smearly, dirty.
 sleasdaich, ** *v.a.* Smear, bedaub, bespawl.
 sleastair, see sleastair.
 —eachd, see sleastaireachd.
 sleasg, ** *v.a. & n.* Split, crack.
 —ach, *a.* Cracking, splitting.
 sleasgadh, ** -aidh, *s. m.* Cracking, splitting,

crack, split.
 sleastair, *v.a.* Bedaub—*Badenoch.*
 —eachd, *s.f.* Smearing, bedaubing, bespawling.
 sléibhe, * *gen. sing.* of sliabh.
 sleibheag, see sleabhag.
 sléibhte, *pl.* of sliabh.
 sléibhteach, -eiche, *a.* Mountainous, hilly. 2 Dwelling among mountains. 3 Of mountains.
 —eich, *s.m.* Mountaineer.
 —d, *s.f.* Mountainousness.
 sléibhteann, *n.pl.* of sliabh.
 sléibhtrich, †† *s.f.* Wreckage, things strewn.
 tsleidin, *s.* "Saniem."
 sléigeil, † -eala, *a.* Dilatory. 2†† Drawing, slow. 3†† Sly.
 sleimhne, *comp.* of sleamhuinn.
 sleimhne, *s.f. ind.* see sleamhachd.
 sleimhneach, ** *a.* Slipping, slippery. 2 Smooth.
 —d, ** *s.f.* Slipperiness. 2 Smoothness.
 sleimhneag, †† -aig, -an, *s.f.* Slide.
 sléis, *gen. sing.* of slias.
 sléisde, *gen. sing.* of sliasaid.
 sléisdeach, †† -aiche, *a.* Large-thighed.
 sléisdean, *pl.* of sliasaid.
 sléisne, see sléisde & sléisdean.
 sléisneach, -eich, *a.* Large-thighed.
 sléisneadh, *s.m.* Back-sliding—*Dáin I. Ghobha.*
 sléisnean, see sléisde & sléisdean.
 sleithe, ** *s.f.* Section, division, cutting.
 sleog, * *v.a.* Pall on the stomach.
 sleogach, -aiche, *a.* Qualmish, queasy. 2*Slimy. 3* Apt to pall on the stomach.
 sleogadh, -aidh, *s.m.* Qualm, qualmishness, queasiness.
 sleuchd, *pr. pt.* a' sleuchdadh, *v.n.* Kneel, prostrate, bow down reverently, worship. 2 Yield, submit, surrender.
 sleuchdach, -aiche, *a.* Bowing down reverently, prostrating. 2 Yielding, submitting, submissive.
 sleuchdadh, -aidh, *s.m.* Prostrating, act of prostrating or bowing down reverently, worshiping, prostration. 2 Yielding, submitting.
 A' s—, *pr. pt.* of sleuchd.
 sleuchdamaid, *ást. pers. pl. imp.* of sleuchd. Let us kneel.
 sleuchdair, (MS) *v.a.* see sliachdair.
 sleug, * *v.a.* Sneak, drawl.
 sleugach, * -aich, *s.f.* Sneaking, sly, drawing female.
 sleugach, * -aiche, *a.* Sly and slow. 2 Dilatory.
 sleugair, ** -ean, *s.m.* Sly, drawing, sneaking fellow, sneaker, drawler.
 sliabhadh, see sliobhadh.
 sliabh, sléibhe, *pl.* sléibhte & sléibhteann, *a. m.* Mountain of the first magnitude. 2 Extended heath, alpine plain, moorish ground. 2 Extensive tract of dry moorland. 3 Mountain grass, moor bent grass. 5 Face of a hill. Seann s., *withered bent, gathered for bedding in spring*—*W. of Ross-shire*; sléibhteann creagach, *coillteach, rocky, wooded mountains.*
 sliabh, (AF) *s.m.* Soup made from periwinkles. (called *siabh* in *W. Highlands* generally. 2 Juice of leeches.
 sliabhach, -aiche, *a.* Mountainous. 2 Abounding in extensive heaths. 3 Abounding in mountain-grass.
 sliabh air, -ean, *s.m.* Mountaineer.
 sliachdair, *v.a.* Extend or spread any soft substance by trampling. 2 Plaster or daub over.
 sliachdachadh, see sliachdradh.
 sliachdradh, -aidh, *s.m.* Spreading out, act of spreading out any soft substance by trampling. 2 Act of plastering or daubing over. A' *pr. pt.* of sliachdair.

sliachdraich, see sliachdair.
sliachdraichte, *part pt.* of sliachdraich. Spread out by trampling. 2 Plastered, daubed.

sliadh, see sliabh.

sliaisd, see sliasaid.

slias ** sléis, -an, *s.f.* Thigh. 2 Coarse part of a throat.

sliasach, ** *a.* Having large thighs. 2 Of, or belonging to, the thigh.

sliasaid, see sliasaid.

sliasaid, sléide & sléisne, *pl.* sléisdean & sléisnean, *s.f.* The thigh. 2 The part of a ship's side towards the stern. 3 Strand of rope or thread. 4**Coarse part of a thread. 5††Gigot, leg of meat. Lag a shléiste, the hollow of his thigh.

sliasaideach, (MS) *a.* Crural.

sliab, ** *v.* Dragglo.

sliabair, ** *v.* Dragglo.

sliad, *s.m.* Ledge in a loom.

sliadan, -ain, *s.m.* Ledge in a loom.

sliast, see sliad.

sliaspair, ** *v.a.* Dragglo, dagglo.

sliaspair, ** *s.m.* Draggler.

sliaspair, ** *s.f.* Draggling, covering or besmearing with mud. A' s—, *pr.pt.* of sliaspair.

sliast, see sliad.

—an, see sliadan.

slib, see sliob.

slibist, -ean, *s.m.* Sloven, patty or sorry fellow.

—* *a.* Clumsy, unhandy.

slibisteach, -eiche, *a.* Slovenly, mean, abject.

slige, *pl.* -an & -achan, *s.f.* Shell. 2 Scale of a balance. 3 *Hull of a vessel. 4†† Coin, in ridicule. 5 Bent timber in a boat, see báta, D, p. 73. 6 Skin of a boat, see báta, E 4, p. 73. 7**Drinking-shell. 8** Splinter of earthenware. 9 Scallop-shell. 10**Bomb. Chaidh e 'na shligeachan, *it broke in splinters.*

sligeach, * *s.f.* Wreck. 2 Crustaceous surface.

sligeach, -eiche, *a.* Shelly, having a shell. 2 Abounding in shells. 3 Like a scale. 4 Of, or like a bomb. Bradan s., *a sturgeon.*

sligeachan, *n.pl.* of slige.

sligeachd, *s.f.ind.* Crustiness.

sligeachd, ** *s.f.* Conchology.

sligeadair, -ean, *s.m.* ** says Conchologist, but it means rather "a maker of shells."

sligeadh, -idh, *s.m.* **Fomentation. 2 Dividing with shells. 3 Drinking from shells. Shells and horns were the chief drinking-vessels of old. Fion 'ga shligeadh beoir 'ga h-òl ac', they had wine from shells and plenty of beer to drink—Duanaire, p. 143.

sligear, -eig, -an, *s.f., dim.* of slige. Little shell. sligearach, -aiche, *a.* Abounding in small shells. sligean, ** -ein, *s.m., dim.* of slige. Little shell. 2 Little scale or balance. 3 Little splinter of earthenware.

sligeanach, ** -aiche, *a.* Spotted. 2 Sky-coloured. 3 Green. 4 Cirroaccumulated. 5 Scaled, scaly. 6 see sligearch. Nathair bhreac, sh., *a spotted green serpent.*

sligeanach, -aich, *s.m.* Tortoise. 2 Chelonian. 3 (AF) Turtle.

sligear, * -ir, -an, *s.m.* Conchologist.

—achd, * see sligeadachd.

tarsuinn, *adv. & prep.* Across, transversely, obliquely. 2 Over, from side to side. Cuir t. e, *put it obliquely*; dhìrich sinn am bruthach air a th., *we ascended the hill obliquely*. In some parts bruthach is *fem.* which would give "dhìrich sinn a' bhruach air a t.," or "air a fiaradh."
tarsuinneach, *s.f. ind.* Transverseness, obliquity. 2 Crossness, peevishness.
———d, *s.f.* Crossness, peevishness. 2 Transverseness, obliquity.
tarsuinnich, *v.a.* Cut. 2†† Cross.
tarsuannachd, *s.f. ind.* Species of poetry, lampooning, sarcastic language, satirizing. 2** Bickering.
†† *prep. pron.* (tar + thu) see tharta.
tart, -airt, *s.m.* Thirst. 2 Drought, parchedness, want of rain. 3 (AH) Costiveness in cattle. Trid fearainn tairt, *through a thirsty land*; tha t. orm, *I am thirsty*.
tartach, -aiche, *a.* Thirsty. 2 Causing thirst. 3 Droughty, dry.
†† tartan, ** -ain, *s.m.* Tartan. 2 Hillock. 3 Clod.
† ———ach, ** *a.* Hilly. 2 Cloddy. 3 Of tartan.
tartar, see tartmhor.
tartar, -air, -an, *s.m.* Noise, any great swelling sound. 2 Clamour. 3 Hurry, bustle, confusion. 4* Noise of tramping. A th. mar thunn a' slachdadh sgeire, *his noise like waves buffeting a rock*.
———ach, -aiche, *a.* Noisy, making a great noise. 2 Clamorous, vociferous, loud, having a swelling sound. 3 Hurried, bustling, creating confusion. 4 Magnanimous, forward. 5* Noisy in stamping. Da 'm bu t. piob, *whose pipe sounded loudly*.
———achd, see tartaracha.
———aich, *s.f. ind.* Noisiness. 2 Noise of footsteps, tramping. 3 Bustle, confusion. 4 Forwardness. 5 Magnanimity.
tar-thabhairt, ** *s.* Conveyancing.
tar-thabhairtear, ** *s.m.* Conveyancer.
tarhall, ** *s.f.* Help, assistance.

tar-thoir,** v. Alienate. 2 Convey.
 tar-thoir,** s. Alienation. 2*Conveyance.
 tart-holl,** s. & v. Countertermine, conveyance.
 tartmhor, -oire, a. Thirsty. 2 Droughty, dry, parched. Ma bhios e t., *if he be thirsty.*
 —achd, *s.f.ind.* Thirst. 2 Drought, parchedness, droughtiness. 3*Great drought. 4* Dry or droughty weather.
 tar-uinneag, -an. see far-uinneag.
 tarung, see tarrang.
 tarunn, see tarrang.
 tās,** *s.m.* Cat-o'-nine tails, taws.
 tasan, -ain, -an, *s.m.* Slow, tedious, plaintive discourse, plaintive harangue, whining sermon. 2 Person who speaks in a drawing manner. 3* Bickering, scolding, fretting, discontented person. 4†Wrangling, grumbling, discontent. 5 Sloven. 6** Plaintive or tedious haranguer.
 —ach, -aiche, a. Slow, tedious. 2 Plaintive. querulous, grumbling, discontented. 3 bickering. 3 Slow or tedious in speaking, monotonous.
 —achd, *s.f.ind.* Habit of slow wrangling, bickering, fretfulness, fretful disposition, fault-finding. 2 Slowness or tediousness in discourse, monotony. 3**Presbyterian cant.
 tāsanaich, see tāsanaich.
 tāsanaiche,** *s.f.* Tedious whining/orator, in ridicule.
 tasart,** -airt, *s.m.* Reproach, rebuke, calumny. Fo th., *under reproach.*
 tasd,(AF) *s.* Reindoor.
 tasdail,** *s.f.* Trial.
 tasdan, -ain, -an, *s.m.* Shilling. 2**Groat.
 —ach, -aiche, a. Having many shillings.
 †tag, -aisg, -an, *s.m.* Report, rumour, news, knowledge. 2 Character. 3 Gaelic spelling of task. Ann an taisg, *in store.*
 †tag, -aisg, -an, *s.m.* Ghost, apparition.—W. of Ross, *Inverness-shire & Argyll.* [*pl. taisg in Gairloch.—DU.*]
 tag, -aisg, -an, *s.m.* Larva of insects.
 tagadh, (a') *pr.pt.* of taisg.
 tagaidh,-e, -ean,*s.f.* Depository, thing laid by or preserved, store, treasure, hoard. 2 Treasurer. 3 Laying up, act of laying up. 4†Darling. 5 Hoarding bureau. Tha, a thasgaidh! *yes, darling!* A' t—, *pr.pt.* of taisg.
 †tagair,** a. Renowned.
 tagair,** *s.m.* One who assigns a job or task, taskmaster. 2**Slave.
 tagal, -ail,*s.m.* Money offered for the discovery of cattle lifted by Highland freebooters. There have often been instances of vassals, and even clans, taking an oath on the dirk never to receive such money and to put to death every person that should receive it. They took this oath in a solemn manner or a drawn dirk which they kissed, saying, "if we break this our oath, may we perish by this weapon or any other."
 tagal,** -ail, *s.m.* Great wave.
 tagalachd,** *s.f.ind.* Rolling of the sea.
 tagar,** -air, *s.m.* Cavalcade.
 taga-thaigh,† *s.m.* Storehouse.
 taglach, *s.m.* Supernatural premonition and ghost of living person—JGC., W.
 tasp,* *s.m.* Severe sarcasm.
 taspair(e),* -ean, *s.m.* Satirist.
 taspannach,* -aiche, see taspullach.
 taspullach, -aiche, a. Witty. 2 Sarcastic. 3 Petulant.
 —id,** *s.f.* Wit, witticism. 2 Sarcasm.
 taspurladh,(MS) *s.m.* Invective, retort.
 †tast,** *s.m.* see tasd.
 tatar, for tartar—Rob Donn.

tatadh,(MS) *s.m.* Caress.
 tatag, -aig, -an, *s.f.* Clash.
 tating,(MMcL) *s.f.* Stab. Also used metaphorically, as, thug e t. dha, *he gave him a stab (in speech.)*
 taidh,* *v.a.* see taidh. 2(MS) Account.
 tatar, W. of Ross for tartar.
 tath, *s.m.* Rebate in joinery. 2 Pitch. 3 Cement. 4 Strength. Leann tath, *pitch*; duine gun t., *a man devoid of energy and spirit.*
 tath, *pr.pt.* a' tathadh, *v.a.* Cement, join together, glue, solder, weld.
 †tath, *s.m.* Lord. 2 Ruler. 3 Anger.
 tath,(AF) *s.m.* Unpressed cheese made of sour milk curds.
 tath,** *s.m.* Slaughter. 2 Bail, security.
 tathabal,(AH) a. In possession of one's faculties, of sound mind. Am bheil e t. ? *is he all there? tha e t. gu leòir, he is sane enough.*
 tathach,-aiche, a. Cementing, that cements or solders, having the quality of soldering.
 tathach, -aich, *s.m.* Guest, visitor, stranger. Bu tric tathach o Thuast, *visitors from the North were frequent*; m' aoidheachd ag iarraidh tathach, *my hospitality in quest of a guest.*
 †tathad, for the iad, (they are.)
 tathadair,** *s.m.* Cementer. 2†Adjunctive.
 tathadh, -aidh, *s.m.* Joining, cementing, act of joining or soldering. 2 Welding. 3 Leading. 4 Splicing, in joinery. 5* Joint, seam. A' t—, *pr.pt.* of tath.
 tathag, *s.f.* Small in-field—Gairloch.
 tathach, -e, *s.f.* Frequenting, act of frequenting or often visiting. 2 Resort. 3 Craving. 4**Claim. 5 Investing. 6 Tendency to vomit or come back again. 7 Inclination to nausea which follows on intoxication. 8 (MMcL) *s.f.* & *s.m.* Ghost, apparition. 9 see tighich. A' t—, *pr.pt.* of tathach. T. na daoraich, *cravers of intoxication—Dain I. Ghobha.*
 tathach,(DC) *s.m.* Supernatural knowledge of the absent.
 —, *gen.sing. & n.pl.* of tathach.
 —, *pr.pt.* a' tathach, *v.a.* Visit often, resort to. 2**Claim. 3 Dun. 4 Invest. 5 Crave, exact. 6 Profit. Is tric a th. thu i, *often did you resort to her*; a' t. bhailtean, *visiting cities.*
 —e, -an, *s.m.* One who visits often. 2 Acquaintance. 3 Guest.
 —each, -eiche, a. Conversant, acquainted with, frequently visiting.
 —eadh, -eich, *s.m.* Frequently visiting.
 2 Craving.
 —ear,** *s.m.* Craver. 2 Dun.
 tataidh,† *pr.pt.* a' tatadh, *v.g.* Attract, attach to one's self.
 tathaidh, *fut.af.* a. of tath.
 tathair,** *s.m.* Cementer, joiner. 2 Sluggish fellow.
 tathan, -ain, *s.m.* Hyphen (-).
 tathasg,(MS) *s.f.* Shade, spirit. Is dlùth t. na màthar d' a dilleachdain, *near is the mother's spirit to her orphans.* There was a beautiful idea among the Gael that orphan children are specially protected by the spirit of their departed mother, and many of the most pathetic Gaelic lullabies are said to have been composed by such spirits while watching over some little cot or cradle. 2(MS) Demon.
 tath-bheum, -bhéim, -annan, *s.m.* Mortal blow. 2 Casting of darts or stones from the crann-tabuill.
 tath-bhuille, *s.m.* Mortal blow.
 †tathann, -ainn, *s.m.* see tabhunn.
 tathlach, see talach.
 tathlan,** -ain, *s.m.* Reproach, calumny.

- tábhla, *past pt.* of táth. Soldered, cemented, joined. [táhte.]
- táth-thaois, *s. f.* Putty.
- tathuich, see tathaich.
- tathuinn, see tathainn.
- tathunn, see tabhann.
- ach, -aiche, *a.* Latrant.
- aich, see tabhannaich.
- aiche, see tabhannaiche.
- té, *s. f. ind.* Woman, female one. 2 Used of any object or thing of the feminine gender. An té seo, *this one*—said of any object of the feminine gender; an té a b' òige, *the youngest woman*.
- te, see teth.
- té, *a.* Insipid, slightly fermented. When fish, milk, preserves, &c. take the bitter or sharp taste caused by fermentation, they are said to be té.
- té, (CR) *a.* Thick, as soup, gruel, &c.—*Arran*.
- tefa, see teth.
- teab, *s.* Flippant person's mouth.
- teabad, -aid, *s. m.* Stammerer. 2 \ddagger Accident. 3 \ddagger Stammer.
- teabadach, -aiche, *a.* Stammering. 2 Accidental.
- teabadaich, *a.* Lispering, faltering. 2 \ddagger Hesitation, delay.
- , *s. f.* Demur.
- teabaid, \ddagger *s. f.* Taunt, repartee.
- teabais, \ddagger *s. f.* Flippancy of speech.
- each, \ddagger -eiche, *a.* Flippant.
- teabanta, \ddagger -ainte, *a.* Carping, captious.
- chd, \ddagger *s. f.* Captiousness, flippancy of speech, captious notice. 2 \ddagger Habit of carping.
- teabarsaich, -e, see teabadaich.
- teabhl, \ddagger *s.* Quid of tobacco.
- teabhach, \ddagger -aiche, *a.* Renowned, brave. Gu t., *bravely*.
- d, \ddagger *s. f.* Fame, glory, exploit. 2 Bravery. Can anns an dàn an t., *sing their bravery in song*.
- teabhachd, see tábhachd.
- teacair, see teachdair.
- teach, *s. m. ind.* House, dwelling-place, also taigh. 'Na t. diamhair, *in her lonely dwelling*.
- teach, *pr. pt.* see teachd. 2 (CR) *s. m.* Pass, event, issue, occurrence. Cha d' thàinig e teach, *it did not come to pass*; tighinn gu teach, *happening*; thàinig e fo teach, *it came to pass*—*Lewis & W. of Ross*, but, thàinig e mu'n teach *in Arran & Perthshire*.
- teachd, *s. m. ind.* Accession. 2 Arrival, coming, act of coming, approach, approaching. A' t—, *pr. pt.* of thig. Air dha t., *he having arrived*; t. mu'n cairn na bliadhna, *expiration of the year*; air t., *come*; a' t., *coming*; tha'n rain-cach uaine air t. thairis oirre, *the green fern has grown over her*.
- teachd, (DU) *v. a.* Dry up. Th. mi leis a' phathadh, *I dried up with thirst*.
- teachd, *v. n.* Fit in to, have space or room for. Cha t. e 'n seo, *it has not sufficient room here*; an t. mi ann? *can it contain me?* an t. e 'n leapa? *has he room in the bed?* an t. e anns an t-òbmar seo? *can this room contain it?*
- teachd, *a.* Legal, lawful, right, just. 2 Belonging to. 3 \ddagger Witting.
- teachd, \ddagger *s. f.* Silly boasting.
- teachdadh, \ddagger -aidh, *s. m.* Closing.
- teachdaiche, \ddagger *s. m.* Customer.
- teachdail, -e, *a.* Future, in grammar.
- teachdair(e), -ean, *s. m.* Messenger, courier, ambassador, anyone bearing, or that is sent, or that comes with a message, envoy, delegate, missionary. 2 Despatch, intelligence, news. Bhuail t. a' bhais thu, *death's messenger has struck you*; t.-coise, *foot messenger*.
- teachdairach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, a messenger, courier, or ambassador. 2 Like a messenger, courier, or ambassador.
- eachd, *s. f. ind.* Message, embassy, legation. 2 Tidings, news, intelligence. 3 Commission, errand, deputation. Air th., *on an embassy*; t. a chuir mòran gu truaighe, *information that caused sorrow to many*.
- litricean, *s. m.* Letter-carrier.
- teachd-a-mach, *s. m. ind.* Product, increase. 2 Expenditure. 3 Coming out, egress.
- teachd-a-staigh, see teachd-a-steach.
- teachd-a-steach, \ddagger *s. m.* Income, revenue. 2 Coming in.
- teachd-an-tìr, *s. m. ind.* Subsistence, livelihood 2 Diet. 3 Food. Gun t. gun bhìadh, *without diet or food*; a' teachd-an-tìr, *his food*.
- teachd-fodha, (DMK) *s. m.* Water oozing through the wall of a house at the foundation in wet weather—*W. coast of Ross*. [tighinn-fodha in *Argyll*.]
- teachmhail, \ddagger *s. f.* Affliction, sickness.
- tead, see teul.
- teadalach, -aiche, *a.* Slow, inactive, dilatory. 2 Sickly.
- d, *s. f. ind.* Slowness, inactivity, dilatoriness. 2 Sickliness.
- teadaltas, -ais, *s. m.* see teadalachd.
- teadarnach, \ddagger *a.* Revengeful.
- teadh, *a.* High-tasted.
- teadhair, -dhrach, -dhraichean, *s. f.* Tether. 2 \ddagger Rope. 3 (DMK) Rops stretched across the kitchen having the ends attached to the couple, and used for hanging articles of clothing on to dry, also as a repository for such articles—*Caithness & Suth'd.* 4 \ddagger Cart-rope. Dheanadh e t. de roinnean, *he would make a tether with a hair*.
- teadhair, *v. a.* see teadhraich.
- teadh-bhais, \ddagger *a.* Phantasm, see taibhs.
- teadharadh, *s. m.* Drawing out, spinning out. A' t—, *pr. pt.* of teadhair. Tha e a' t. na sìde, *he is spinning out the time*.
- teadhrachadh, -aidh, *s. m.* Tethering, act of tethering or confining by a tether. A' t—, *pr. pt.* of teadhraich.
- teadhraich, *pr. pt.* a' teadhrachadh, *v. a.* Tether, confine by a tether, tie.
- teadhraichean, *n. pl.* of teadhraich.
- teadhraichte, *past pt.* of teadhraich. Tethered.
- teadhraan, (DC) *s. m.* Royal stag. This word was used by a forester who had spent his life in the Blackmount.
- teagail, \ddagger *s. f.* House, habitation.
- teagair, *pr. pt.* a' teagar, [a' teagaradh—*W. of Ross*.] *v. a.* Collect, provide, furnish, supply. 2 Thatch, cover. 3 Shelter, protect. 4 Economise, gather milk for butter by stinting the allowance of the family.
- teagais, *pr. pt.* a' teagas, *v. a.* Teach, instruct, educate by lecturing, teach by precepts.
- , *gen. sing.* of teagas.
- each, \ddagger *a.* Didactic, instructive.
- ear, *fut. pass.* of teagas.
- te, *past pt.* of teagas. Taught, lectured.
- teagasg-teach, -eiche, *a.* Docile, teachable.
- teagamh, -aimh, -an, *s. m.* Doubt, uncertainty, hesitation. 2 Suspense, perplexity. 3 Doubtful case. 4 Difficulty. Fear-reitich gach teagamh, *the solver of all difficulties*; th., *perhaps*; gun t., *without doubt*; an t., *in doubt*.
- ach, -aiche, *a.* Doubtful. 2 Doubting. 3 Uncertain. 4 Causing a doubt. 5 In suspense. 6 Suspicious, distrustful, sceptical. 7 \ddagger Perplexed.
- achd, *s. f.* Contingentness, doubtfulness,

doubt, uncertainty. 2 Scepticism.
 teagamhach, *v. a.* Mistrust.
 teagamhaiche, ** *s. m.* Doubter, sceptic.
 —, *comp.* of teagamhach.
 teagar, -air, *s. m.* Provision. 2**Purchase. 3**
 Warmth. A' t—, *pr. pt.* of teagar.
 teagarach, -aich, *s. m.* Purchase.
 —, -aiche, *a.* Warm, snug.
 teagasg, -aisg, *s. m.* Teaching, instruction, act
 of teaching, instructing. 2 Doctrine. 3*
 Teaching by lectures, lecturing. 5 Preaching,
 texts. 4** Druidism, sorcery. A' t—, *pr. pt.*
 of teagasg. Le gach nile ghaath teagasg,
 with every wind of doctrine; fear-teagasg (*pl.*
 luchd-teagasg), a lecturer.
 teagasgach, ** *a.* Admonitory, instructive.
 teagasgachd, *s. f.* Instructiveness.
 teagasgail, ** *a.* Admonitory. 2 Doctrinal.
 teagasgair, -ean, *s. m.* Teacher, admonisher,
 preacher.
 —eachd, ** *s. f. ind.* Employment of a
 teacher.
 teagasg-druidbeachd, *s. m.* Sorcery, druidism.
 teagh, see taigh.
 —as, ** -ais, *s. m.* Small room, closet.
 teaghach, -aich, -aichean, *s. m.* Family, house-
 hold, house in genealogy. 2†† House, dwell-
 ing. 2** Clan, tribe, race, progeny. Uile
 teaghlaichean na talmhainn, all the families
 of the earth.
 teaghachail, -e, *a.* Of, or belonging to a family,
 domestic.
 teaghachan, ** -ain, *s. m.* Domestic.
 teaghlach, * -aiche, *a.* see teagamhach.
 —d, * *s. f.* see teagamh.
 teagmhach, -aiche, *a.* Conditional in grammar.
 2** Apocryphal. 3** Ambiguous.
 —d, ** *s. f.* Ambiguity. 2 Apocryphalness.
 teagmhais, *s. m.* Boggler. 2 Sceptic.
 teagmhail, -e, -ean, *s. f.* Occurrence, recounter,
 contingency. 2 Meddling, interference, ex-
 postulation. 3 Strife, battle. 4 Revenge, re-
 tribution. 5 Fall. 6** Meeting.
 teagmhailteach, *a.* Contentious, striving, con-
 tending.
 teagmhailteachd, ** *s. f.* State of being liable to
 chance or accident.
 teagmhais, -e, -ean, *s. f.* Accident, guess, ven-
 ture, anything done at venture or random. 2
 Contingency. 3 Fall.
 teagmhaisreach, ** *a.* Adventurous, accidental,
 at a venture, at random, liable to chance or
 accident.
 teagmhailteachd, *s. m.* Meddling. Air chumba gun
 ghàth th., without any kind of meddling—R.21.
 teagmhais, see teagmhais.
 —air, *s. m.* Adventurer.
 teagmhail, see teagmhail.
 teagmhais, see teagmhais.
 teagnach, ** -aiche, *a.* Using force or violence.
 2 Making an exertion. 3 Difficult.
 teagnadh, -aidh, -ean, *s. m.* Squeezing of any-
 thing through another. 2**Acquest. 3**
 Striving. 4**Forcing. 5 Violent exertion. 6
 Tene-mus, applied particularly to a hen, and
 sometimes to persons. [* says properly teag-
 mhail.]
 teagrachd, -aidh, *s. m.* Providing, act of provid-
 ing, collecting. 2 Acquisition. 3 Defending,
 act of defending. 4 Gathering of milk econom-
 ically. 5 Milk or butter so gathered. A'
 t., *pr. pt.* of teagar.
 teagrachd, *3rd. p. sing. & pl. imp.* of teagar.
 teagrachd, *1st. cf. a.* of teagar.
 teagram, *1st. sing. imp.* of teagar.
 teaguisg, see teagasg.
 teairt, (CB) *s. f.* Grazing before morning milk-

ing—W. of Ross. Tha 'n crodh air an t., the
 cows go out before being milked; sguir iad de
 'n t., they have ceased to go out before being
 milked. 2 (DMK) Morning milking-time, [also
 tràth teairt.] Tha tim teairt ann, it is time
 to take the cows in to milk them—about 11 a.m.
 in summer—Northern Counties.
 tealbh, (AC) *s. m.* Cora. Gach tòn is tealbh, all
 flocks and corn.
 teall, † *s. m.* Sudden attack.
 tealla, *s. m.* The earth.
 teallach, -aich, -aichean, *s. m.* Hearth, fire-place,
 2 Smith's forge. 3**Anvil. 4**Furnace. Leac
 an teallaich, the hearth-stone; clach ceann an
 teallaich, is the large flag which stands be-
 hind a fire in Highland cottages; iu luaidh
 theallaich, of the ashes of a furnace; air cruaidh
 th., on a hard anvil. [*s. f.* in Poolewe—WG.]
 teallachag, -aig, -an, *s. f.* Concubine. 2**Mas-
 ter's favourite servant maid.
 teallaigh, *gen. sing.* of teallach.
 teallaid, -e, -ean, *s. f.* Lusty or buncy woman.
 2**Drab.
 teallaideach, ** *a.* Drabbish, stuttish.
 teallrach, ** *a.* Profuse.
 teallsan, ** -ain, *s. m.* Philosophy, erudition, 2
 Philosopher, learned man.
 teallsanach, * -aich, *s. m.* Sceptic. 2 Philosopher,
 sage, learned man. 3 Astronomer—Sàr-Obair.
 Cha 'n 'eil cràbhach, t., no sagart ann, there is
 neither hypocrite, philosopher nor priest (in it)
 there.
 —ail, ** *a.* Philosophical, erudite.
 —d, * *s. f.* Scepticism. 2 Philosophy,
 erudition.
 teallsanair, ** -ean, *s. m.* Learned man, philoso-
 pher.
 tealrachd, ** *s. f. ind.* Profusion, extravagance.
 tealtsachd, ** *s. f. ind.* Simplicity.
 tealtsaidh, *a.* Silly, cowardly.
 teamhachd, *s. f.* Pleasantness, delightfulness,
 quietness.
 teamhaidh, -e, *a.* Pleasant, agreeable, delight-
 ful, quiet.
 teamhair, -e, *a.* see teamhaidh.
 —, *s. f.* Time, season, in season—Suth'd G.
 N. Coast. 2**Covered or shaded walk on a
 hill. Teamhair fhuar, cold weather.
 —eachd, see teamhachd.
 teamhall, * -aill, *s. m.* Slight swoon or stun.
 teamharra, * *a.* Pertly eloquent, eloquent and
 flippant, as a young person.
 teamhra, (MS) *s. m.* Hall.
 teamhrachd, (MS) *a.* Palatial.
 teamhrachd, * *s. f.* Flippancy, impertinent prate-
 of a young person.
 teampull, -uill, *s. m.* Temple, church.
 —ach, -aich, *s. m.* Church-officer, church-
 man, templar.
 —ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, a
 temple or church. 2 Like a temple or church.
 teanacaidh, *s. m.* Deliverance, succour.
 teanacais, see teanacas.
 teanacas, * *s.* Healing, remedy, mercy, deliver-
 ance, salvation, saving power, coming to one's
 assistance—W. Isles—Dain I. Ghobha. 2 De-
 fence. Cò is urrainn t. ? who can be a defence ?
 teanachair, see teanachair. 'S gu'm faigh iad gu
 bunaitteach ri t. ghar an leomhainn—Fìdh.
 p. 68; t. a' ghobhainn, smith's tonge.
 teanachd, * *v. a.* Save, avert, ward away. T.
 gorta, avert famine; t. dosgairn, ward away
 misfortune from cattle, protect from danger,
 distress or difficulty.
 teanachdadh, -aidh, *s. m.* Saving, act of saving,
 protecting or recovering from instant peril.
 A' t—, *pr. pt.* of teanachd.

teanachdas, see teanacas.
 teanachdas, * ais, see teanacas.
 teanaca, (AO) see teanacas.
 teanacsadh, see teanacas.
 teanail, v. see tionail.
 teanal, s. see tional.
 teanalach, see tionalach.
 teanaladh, ** s.m. Treasuring.
 teanalaiche, see tionalaiche.
 teanacas, see teanacas.
 teanchair, -ean, s.m. Pincers, tonge. 2 Smith's vice or tonge.
 teanga, gen. & dat. teangaidh, pl. -n & -nnan, s.f. Tongue, 2 Speech, dialect. 3* Hold of a buckle. 4 (AO) Oratory. T. Chalum Chille, the oratory of St. Columba; bun na teangaidh, the root of the tongue; barr na teangaidh, the tip of the tongue.
 teangach, -aiche, a. Loquacious. 2 Speaking many languages. 3 Langued, in heraldry. 4 *Having many tongues. Gu t., loquaciously.
 teangachd, see teangaireachd.
 teang-'a' choin, s.f. Hound's tongue (plant)—*cynoglossum officinale*.



660. Teang-'a'-choin.

teangadh, -aidh, pl. -aidh, -aidhean & teangan, nan, s.f. see teanga.
 teangaiche, -an, s.m. Linguist.
 teangaidh, -e, -ean, s.f. see teanga.
 teangair, -ean, s.m. Linguist. 2 Interpreter. 3 Orator. 4 Philologist. 5 (WC) Smith's tonge. —eachd, s.f. ind. Office of a linguist. 2 Interpreting, interpretation, skill in languages. 3 Philology. 4 Oratory. 5 Loquaciousness.



661. Teanga-mhin.

teanga-mhin, s.f. White dead-nettle, archangel.—*lamium album*. 2§ White goose-foot, see



662. Teanga-na nathrach.

praiseach fhindhain.
 teangan, ** s.m. Tongue. 2 Language.
 teanga-na-nathrach, § s.f. Adder's tongue fern—*ophyoglossum vulgatum*.
 teang-'an'-fhéidh, s.f. Hart's-tongue fern, burnt wood, Christ's hair—*scolopendrium vulgare*. [illust. under creamh-na-muice-fla(haich).]
 teagas, ** -ais, s.m. Pair of pincers.
 teann, teinne, a. Strait, tense, tight. 2 Rigid, stiff, firm. 3 Fixed, firmly fixed. 4 Closely packed. 5 (t. air) Near to. 6 Narrow, miserly. 7 Eager, keen. 8 In strained circumstances. 9 Pumped tight. 10* Strict. 11** Besieged. 12* Severe. Tha 'n t-seang t., the string is tight; t. air mios, nearly a month; duine t., a severe person; sheas ainuir teann air, a virgin stood near him; gu t., tightly, straitly, closely, stiffly, miserly, firmly.
 teann, pr.pt. a' teannadh, v.a. & n. Move, stir, proceed, go, approach, come. 2 Fall to, begin. 3 Approximate. 4** Tighten, straiten. 5** Press together. 6 see teannaich. T. a sin, away with you; th. iad ri falbh, they began to move off; t. a mo rathad, get out of my way; t. a nias, come hither; teannaibh r' a chéile, sit close; th. iad ri treachadh, they commenced ploughing; th. i ri lasadh a' chrúisgein, she proceeded to light the lamp; th. i an lomradh, she pressed the fleeces together.
 t. a bhos, come near.
 t. a mach, turn out.
 t. a nall, come hither.
 t. a nunn, get away from me, go over hither.
 t. ris, begin it.
 t. suas, go up, proceed westward.
 t. uam, get from me.
 teann! teann! int. Hold! hold!
 teanna, ** s.m. Enough, sufficiency. 2 Abounding. 3 Surfeit. Tha mo th. agam, I have enough; is mairg a rachadh air bhannaig is a th. aige fhéin, it is pitiful to ask when one has enough of his own. [teannan in Poolewe—Ól do theannan, drink your fill—WC.]
 teann-abaich, 'S e 'm fúdar tioram teann-abaich air chúl an asgair ghreannaich, it is the hard, dry powder below the rough tow—Beinan Duran.
 teannacas, see teannachadh.
 teannach, ** -sich, s.m. Guiltless person.
 teannachadh, -aidh, s.m. Straitening, act of straitening. 2 Squeezing, act of squeezing or crushing. 3 Oppressing, act of oppressing. 4 Claspings, act of clasping or embracing. 5 Besieging, act of besieging, siege. 6 Strait, difficulty. 7 Energy, force. 8 Screwing. 9 Constipation. 10 Tightening by pumping into. 11 Crowding, act of crowding. 12† Rescuing. 13** Binding. 14** Tightening. A' t—, pr. pt. of teannaich. [†† gives teannachadh.]
 teannachail, †† -e, a. Constringent.
 teannachair, ** -ean, s.m. Buder. 2 Pair of pincers. 3 Tonge. 4 Vice.
 teannachan, ** -ain, s.m. Press. 2 Pair of pincers. 3 Vice.
 teannachdadh, †† see teannachadh.
 teannadach, -aiche, a. Ricketty.
 teannadair, (MS) s.m. Girder.
 teannadan, -ain, s.m. Bracer, brace.
 teannadh, -aidh, s.m. Moving, act of moving, stirring, going or coming. 2 Tightening, straitening, pressing. 3 Stiffness, rigidity. 4 Proceeding towards anything. 5 Sufficiency, enough. see teannachadh. A' t—, pr. pt. of teann.
 teannaich, pr. pt. a' teannachadh, v.a. Straiten, tighten. 2 Squeeze, crush. 3 Crowd, crowd together. 4 Oppress, besiege. 5 Tighten by

pumping. 6 Clasp, embrace. 7 Bind, clench. 8**Afflict. 9**Grasp. 10**Confine. Th. i. a. e, they besieged it; cha teannaichear do cheumanna, *thy steps shall not be straitened.*
 —te, *past pt. of teannaich.* Straitened, tightened. 2 Squeezed. 3 Crowded together. 4 Oppressed. 5 Besieged. 6 Clasped. 7 Adacted.
 teannaich,** a. Astringent.
 teannair, -ean, s.m. Squeezer, any instrument to squeeze with. 2 Air-pump. 3 The noise of the sea in a cave. 4**Tightener, oppressor.
 teannal,(AC) s.m. Keeping, protection. Biodh a shith air do th. féin, *be its peace in thine own keeping.*
 teannan, *Poolwee for teanna.*
 teannas, -ais, s.m. Austerity.
 teannasach, -aiche, a. Austere, severe. 2 Aluminous.
 teannath, see teanna & teann-sháth.
 teannbhreitheach, -eiche, a. Critical.
 teannchair, see teannchair.
 teanndach, -aiche, a. Pressing, that presses. 2 Oppressive. 3 Afflictive. 4 (MS) Astringitive.
 teanndachadh, see teannachadh.
 teannachan, -ain, s.m. Woman's stays.
 teannachd, see teannacht.
 teanndaich, see teannaich.
 —te, see teannaichte.
 teann-dheoch, †† s.f. Fill-draught, large drink.
 teann-dhruid,** v.n. Grasp, clench, hold fast. 2 Confine closely. 3 Besiege.
 teann-fháis,** v.a. Squeeze hard, wring.
 teann-fháisgadh, -aidh, -ean, s.m. Hard squeeze, hard wringing.
 teann-ghlac, v.a. Clench, grasp, hold fast.
 teann-ghlacach,** a. Grasping firmly.
 teann-ghlacadh,** -aidh, s.m. Grasping firmly. 2 Powerful grasp.
 teann-ghlacta, *past pt. of teann-ghlac.*
 teann-ghroim, s.m. Grasp.
 teann-lámh,** -láimh, s.m. Tinder-box. 2 (MM) Hard flat. 3 Fire.
 teann-lámhach, -aiche, a. Hard-fisted.
 teannradh,** -aidh, s.m. Showing, manifestation. 2 Discovery.
 teann-ri-teann,(AH) At close quarters, engaged in hand-to-hand struggle. An uair a tháinig a' chúis teann-ri-teann, *when the affair assumed a serious aspect.*
 teann-sháth, -áith, s.m. Full meal, great abundance. 2 Impregnation. 3**Sufficiency. Ól-aidh mi mo th., *I will drink my fill*; tha a th. aige, *he has quite enough.* also teanna-sháth.
 teann-shuill,(AF) s. Insect.
 teannta, a. & *past pt.* Joined together, close, compact, tight, pressed together.
 teanntach, see teannasach.
 teanntach, see teannasach.
 teanntachail, a. see teanntach.
 teanntachd, s.f. ind. Strait, difficulty. 2 Adversity, trouble, distress. 3†† Oppression, hardship. 4†† Frost. 5†† Constipation. 6 Scantiness. An am t., *in time of trouble.*
 teanntaich, see teannaich.
 teanntaichte, see teannaichte.
 teanntalachd, s.f. ind. Stickiness.
 teanntan, -ain, -ain, s.m. Press, squeezer, wine-press. 2†† Bruising.
 tearadh,** -aidh, s.m. Contention.
 tearainn, see teirinn.
 tearb, *pr. pt. of tearbaidh, v.a.* Separate, as cattle, part, divide. 2 Wean.
 tearb,** s.m. see tearbaidh.
 tearbach,** a. Divisible, separable. 2 Apt to divide or separate.
 —d,** s.f. Divisibleness.

tearbaidh, -aidh, s.m. Separating, act of separating, dividing or parting. 2 Division, separation. 3 Weaning. A' t—, *pr. pt. of tearb.* Ghabh mi t. o' n' treud sin, *I separated from that flock.*
 tearbaidh, see tearb. Thearbaidh e na h-uain, *he separated the lambs.*
 tearbaidhte,(MS) a. Loose, separate.
 tearbainn, see tearb.
 tearbhadh, see tearbaidh.
 tearbta, *past pt. of tearb.* Separated. 2 Weaned.
 †tearc,** s.m. Cow. see earc.
 tearc, teirce, a. Rare, unusual, scarce, few. 2†† Bare. Bu th. a ráite, *few were his words*; cha t. sinn mar laoch na Féinne, *we are not few like the heroes of the Fiann.*
 tearcacht, s.f. Rareness, scarceness, fewness.
 tearcadh, -aid, s.m. see teircead.
 tearcadh,** -aidh, s.m. Fewness, scarceness.
 tearc-eun, -eóin, s.m. Phoenix (*lit.* a rare bird. — *rara avis*).
 tearm, s.m. Noise made by trampling.
 tearmad, see tearmann.
 tearmadair, see tearmadair.
 tearmaid,(MS) v.a. Bescreen.
 tearmainn, v.a. Protect, defend, bescreen.
 tearmainnte, †† a. Protecting.
 tearmann, -ainn, s.m. Protection, refuge, defence, safety. 2 Sanctuary. 3 Patron. Mo th. thu, *thou art my refuge*; thoir t., *defend, protect*; a' chion t., *for want of protection.*
 tearmann, -ainn, s.m. Limit, boundary.
 tearmannach, -aiche, a. Protecting, defensible. 2 Belonging to a sanctuary.
 tearmannachd, see tearmann.
 tearmannaich, v.a. Protect, defend.
 tearmannaichte, *past pt. of tearmannaich.*
 tearmannair, -ean, s.m. Protector, defender. 2 Defendant. 3 Patron.
 —eachd,** s.f. Protection.
 tearmasg, see teirmasg.
 tearmuid, -ean, s.f. see tearmann.
 tearmuinn, see tearmannaich.
 tearmunn, see tearmann.
 tearn, v.a. see tearuinn.
 tearnach,** a. Condescending. 2 Descending, apt to descend. 3 see tearuinteach.
 tearnachd,** see tearuinteachd.
 tearnadair, s.m. Fender.
 tearnadair-o-theine, s.m. Fire-escape.
 tearnadh, -aidh, s.m. Escaping, act of escaping or evading. 2 Rescuing, saving. 3 Descent, descending, coming or going down, sinking.
 4 Declension in *gram.* 5 Deliverance, protection, safety. 6**Preserving. 7** After-birth. A' t—, *pr. pt. of tearuinn & teirinn.* Cha b' urrainn dhuit t., *you could not escape*; Dia 'gar t. ! *may God protect us!* is ionghnadh do th., *thy deliverance is wonderful*; an curach a' dreach 's a' t., *the bark rising and sinking*; bu t. dhuinn toiseach an t-sluaigh, *our safety was at the head of the host—Féidh, p. 16.*
 tearnar, *fut. pass. of tearuinn.* Shall be saved.
 tearnta, *past pt. of tearn.*
 tearr, -a, s.f. Tar, pitch.
 tearr, *pr. pt. of tearradh, v.a.* Tar, run over, smear or mark with tar, as sheep.
 tearrach,** -aich, s.m. Crupper.
 tearrachd,** s.f. ind. Keen sarcasm, bitter remark.
 —aich,** v. Animadvert.
 —all, -e, a. Censorious, satirical, sarcastic.
 —air,** s.m. Animadvert.
 tearradh, -aidh, s.m. Daubing, act of daubing or marking with tar. 2 Tar. 3 Tar-mark on wool or sheep. 3 Pitching. A' t—, *pr. pt. of tearr.* [** gives tearradh, also gath-tearradh,

a whitlow or felon.]
 teairaid, see earraid.
 —each, see earraeach.
 —eachd, see earraeachd (appx.)
 teairrain, v. n. Return.
 †teairran, ** ain, s. m. Anger, vexation.
 teart, (WC) see teairt.
 teairuinn, *pr. pt. a'* teairnadh, *v. a. & n.* Escape, evade. 2 Rescue, save. 3 Protect, defend. 4 Descend. 5** Preserve.
 —can, see teairuinn.
 teairuinte, *a. & past pt.* of teairuinn. Safe, saved, rescued. 2 Preserved, protected, secure, guarded. 3* Cautious.
 —ach, -eiche; *a.* Secure. 2 Confident of security. 3 Saving. 4 Protecting, preserving.
 —achd, *s. f. ind.* Security, safety, salvation. 2* Precaution, caution. An t., in security.
 teairuinteachd, see teairuinteachd.
 teas, *s. m. ind.* [*f. in Badenoch.*] Heat, warmth. 2 Superabundance, too much of the good things of life. T. an là, *the heat of the day*; ruith air th., *running to and fro*, as cattle on a hot day; bha teas an teine 'na luirghean, *the heat of the fire was in his shanks*—said of one well off and who does not appreciate it. Mothers often use this phrase to their youngsters on a wet day or night when they don't value their home comforts, but go abroad to their own discomfort.
 †teas, *s. m.* Sound. 2 Message.
 teasach, -aich, -aichean, *s. f.* Fever, restlessness on account of heat, cattle running from excessive heat. 2 Moulting. 3 Warm water in milk. 4 Early stage of fever—*Arran*. Àirde teas-aich, *the height of a fever*; an t. bhuidhe, *the yellow fever*.
 —adh, -aidh, *s. m.* Heating, act of heating, 2 State of becoming hot. A' t—, *pr. pt.* of teasach.
 —sgairlad, *s. f.* Scarlet fever. (With art. an.)
 teasach, *pr. pt. a'* teasachadh, *v. a. & n.* Heat, warm. 2 Become hot or warm. 3 Bake. [* says "this verb is not much in use."]
 —te, *past pt.* of teasach, Heated, warmed.
 teasagheachd, ** *s. f.* Heat.
 teasair, ** *s. m.* Messenger.
 teasairg, *pr. pt. a'* teasairginn, *v. a.* Save, rescue, deliver, defend, protect, relieve, interpose for the purpose of rescuing.
 —each, ** *a.* Saving, protecting, rescuing.
 —inn, *s. f. ind.* Rescuing, act of rescuing, saving from danger, deliverance, rescue relief, preservation, salvation. A' t—, *pr. pt.* of teasairg. Chum ar t., *for our deliverance*.
 teasairgte, *past pt.* of teasairg. Saved, rescued, delivered, safe.
 teasbhach, -aiche, *a.* Sultry, warm.
 —aich, *s. m.* Sultriness, warmth.
 teasbhat, ** *s. m.* Hot bath.
 —ach, *a.* Abounding in, of, or belonging to, hot baths.
 teasbhuala, *s. f.* Hot baths.
 teas. † *pr. pt. a'* teas, *v. n.* Die, fail, expire, depart. Th. e, *he died*.
 †teas, ** *s. m.* Report. 2 Witness.
 —ail, ** *s. f.* Want, defect.
 teasdaim, *v.* I help, assist.
 teasdam, (AC) *v.* I preserve, secure, keep.
 teasfhailce, ** *s. f.* Hot bath.
 teasfhailceanach, ** *s. m.* Chemist.
 —d, ** *s. f.* Chemistry.
 †teasg, † *v. a.* Cut, wound. 2 Prune, lop off. Is iomadh ceann a theasgadh leis, *many a head was cut off by him*.

†teasgach, -aiche, *a.* Piercing, cutting.
 teasgadh, ** -aidh, *s. m.* Cutting down.
 †teasgair, *v.* Cut. 2 Mangle, tear.
 teasgal, -ail, -an, *s. m.* Boisterous wind, storm. †
 ** Scorching blasting wind. 3 Wave.
 teasghaoth, -ghaoithe, -au, *s. f.* Parching wind
 teasghradh, -ghradh, *s. m.* Ardour. 2 Fervent love, ardent affection.
 —ach, -aiche, *a.* Ardent. 2 Cherish
 ing a fervent love, loving ardently or affectionately.
 teasghradhaich, ** *v. a.* Love ardently or tenderly
 —te, *past pt.* Ardently loved.
 teasghuirean, ** -eiu, *s. m.* Pimple.
 †teasgon, ** *s.* Moon.
 teas-is-fhuachd, *s. f.* "Hot and cold shivers."
 teas-loisgeadh, *s. m.* Fervid or burning heat.
 teas-mheidh, ** *s.* Thermometer.
 teasraig, *v. a.* see teasairg.
 —inn, see teasairginn.
 —te, see teasairgte.
 teastail, see teasdaill.
 teastas, ** -ais, *s. m.* Report.
 teas-thoimhear, (DM) *s. m.* Thermometer, thermometer.
 teas-thumait, ** *s. f.* Hot bath.
 teasuidheachd, *s. f.* Heat, warmth, moderate heat.
 teath, see thè.
 teathair, see teadhair.
 teathar, ** -air, *s. m.* Guiltless person.
 teathra, (AF) Raven, royston crow.
 †teib, see theab.
 teibid, *s. f.* Taunt, cut—*Badenoch*. see teabaid.
 teibid, -ean, *s. m.* Physician.
 teibideach, -eiche, *a.* Irresolute, halting, falling.
 teibh, (MMcl) -ean, *s. m.* Root of bent-grass, used in making cisein, &c.
 †teibidh, *pl.* of teibid.
 †teibidh, † -e, *a.* Smart, cutting, pedantic.
 teic, * *a.* Due, lawful, legal. Cha t. na th' ann, *all there are, are too much*; cha t. dhuif, *that is more than is due or lawful*; an t. a-haon, *is not one more than enough*; bheir mise dhuib gus an abair thu "cha teic," *I will give you till you say "it is more than enough"*; cha teic fhad 's 'thug mi 'm uine cho storm', *the time I continued so dull was not trifling*. A common Ayrshire phrase in the face of an evil is, "cha teic oleas," *its ill is not trifling*—DC.
 teic, *s. m.* Flier of spinning-wheel, see seic.
 teich, *pr. pt. a'* teicheadh, *v. n.* Flee, scamper, run away. 2 Desert, as a soldier. 3** Retreat. 4** Keep off or aside. O ghuth a' bhuisreais theich na sruaigh, *at the noise of the tumult the people fled*; th. e, *he fled*; deserted the army.
 teicheach, * *a.* Fleeing, fleeing.
 teicheachd, ** *s. f.* Running away, flight. 2 Retreating. 3** Desertion. 4 Overthrow.
 teicheadh, -idh, *s. m.* Fleeing, act of fleeing, flight, scampering, running away, taking to one's heels. 2 Desertion. 3 Retreating, retreat. A' t—, *pr. pt.* of teich. Cuir air t., *put to flight*.
 teichmheach, -eiche, *a.* Fleeing.
 téid, *fut. ind. & neg. of irr. v.* Rach or theigrig. An téid thu maile rium? *wilt you go with me?* nach téid thu mach? *will you not go out?*
 teidheadh, (AC) *v.* (téideadh) Would go. Nach t. a' bhliadhna liom (leam), *that the year would not go well with me*. [Lewis & Ireland for rachadh.—MM]
 teidhm, -e, -ean, *s. f.* Death.
 teidhinn, (CR) Would go—*Suth'd, Lewis & Ireland for sub.* of rach.
 teididh, -e, *a.* Wild, fierce.
 —, * *s. f.* Wild fire.

†teilm, *v.* Pestilence.
 †teidm leannmachu,] *s.* Contagious or infectious disease.
 teigeil, (MS) *a.* Oozy.
 teighiellas, (AF) *s.m.* Salamander.
 †teil, ** *s.f.* Fertile ground.
 teilbhein, see tairbhein.
 teile, *s.f.* Lime or linden-tree.
 teileach, ** *s.m.* Lime or linden-tree. 2 Place where lime-trees grow.
 —, -eiche, *a.* Abounding in limes or lindens.
 teileag, -eig, -an, *s.f.* Little lime-tree. 2 Young lime-tree.
 —ach, ** *a.* Abounding in little limes.
 teilg, -e, -ean, *s.f.* Fishing-line, cast. 2 (AC) String of a lyre, harp or other string-instrument.
 teilg, see tilg.
 teilgeach, -e che, *a.* Furnished with a fishing-line.
 teilich, ** *v.a.* Refuse, deny, conceal.
 teilig, see teilg.
 teilin, (AC) *s.* Musical instrument, stringed instrument. Gaelic form of Welsh, telyn, (a harp).
 teilinn, see teilin.
 teilis, ** *s.f.* House.
 teilleach, -aich, *s.m.* Blub-checked fellow, *prov.*
 —, -eiche, *a.* Blub-checked.
 teillag, *s.f.* see seillean.
 teilim, (AC) *v.* I will harp.
 teillean, *E. Perthsh. & Lewis* for seillean.
 teim, ** *s.f.* Dart, arrow.
 †teim, *s.f.* Great terror.
 teim, -ean, see teum.
 †teimeal, ** *s.* Dross.
 teimh, ** *s.* Death, curtain, cover.
 teimbe, ** *s.* see teim.
 teimhealach, ** *s.f.* Darkness, gloom, obscurity.
 teimheil, ** *a.* Dark, gloomy, obscure.
 teim'-aighir, *s.m.* Bonfire.
 teim'-aobhneis, *s.m.* Bonfire.
 teim'-afhair, *s.m.* Lightning. †** Thunderbolt.
 †** Fire-ball. †** Any luminous meteor.
 †teind,] *s.* Sora.
 teindear, * *s.m.* Fire-grate. [†teindre.]
 teindreach, ** -eich, *s.f.* Watch-chain.
 teine, *pl.* teinteán, *s.m.* [*f.* in *Colonsay*] Fire, flame. 2 Conflagration. Chunnacas t. a' blaiss, *the flame of death was seen*; taobh an teine, *the fire-side*; cuir ri theine, *set on fire*; teine math, *a good fire*. [*dat.* teinidh.]
 teine, § *s.m.* Furze, see conag.
 † 2 Old Gaelic name of the letter T.
 teineachan, -ain, -an, *s.m., dim.* of teine. Small fire.
 teineasach, ** *a.* Fiery, hot. 2 Impetuous, hasty.
 —d, *s.f.* Pieriness, impetuosity, hastiness.
 teine-bhuth, ** *s.* Fire-office.
 teine-braight, * see teine-dreallsach.
 teine-braightseal, * see teine-dreallsach.
 teine-chiarag, (AF) *s.f.* Cricket (insect).
 teine-chrios, ** *s.m.* Iron for striking fire from a flint. [acfhinn-teine—*Argyll*.]
 teine-crensadh, (AF) *s.* Ferret.
 teine-dé, *s.m.* Erysipelas. 2 Ring-worm. 3 St. Anthony's fire. 4* Herpes. 5 Tetter—JGC. W. 95. †* see dearbadan-dé.
 teine-dealan, (AF) *s.m.* Salamander.
 teine-dhealan, see teine-ghealan.
 teine-dreallsach, * *s.m.* Wild fire, phosphoric light from decayed wood or fish.
 teine-éibhinn, see teim'-aobhneis.
 teine-éibhneis, see teim'-aobhneis.
 teim'-éigin, *s.m.* Fire by friction, forced fire or fire of necessity.

The teim'-éigin was considered an antidote against the plague and murrain and all infectious diseases among cattle. Dr. Martin says all the fires in the parish were extinguished and 81 married men, being deemed the proper number for effecting this purpose, took two planks of wood and nine of them were employed by turns, who by their repeated efforts, rubbed the planks against each other, till the heat thereof produced fire, and from this forced fire each family was supplied with a new fire. No sooner was the fire kindled than a pot filled with water was put thereon, which was afterwards sprinkled on people who had the plague, or on cattle that had the murrain, and this process was said to be followed invariably by success.—**

A tam applied to fire produced by friction—in olden times a means employed to check evils arising from being bewitched. If a household suffered loss such as indicated being under evil influence, all fires in the district between two running streams were extinguished on a set day. Then a spinning-wheel was put in motion, and kept going furiously until the spindle became heated. Tinder or tow was applied to the hot spindle, fire was thus procured and distributed to all households affected by evil influences. Within the memory of persons still living, fire was thus procured to check witchcraft in a township in Uist where some sickness, supposed to be evil eye, carried off some cows and sheep. It is odd that neither cow nor sheep died after, possibly the epidemic had exhausted itself.—DG.

Last made in N. Uist about 1829, in Arran about 1820, in Helmsdale about 1818, and in Remy about 1830—AC.

teine-ghealan, *s.* Phosphoric light emitted from putrid fish or decayed wood in the dark.
 teineil, ** *a.* Fiery, hot. 2 Ardent, passionate. Ro th an strì, *very fierce in battle*.
 teine-rabhaidh, *s.m.* Beacon.
 teine-sgeitheach, †† -eiche, *a.* Ignifromous.
 teine-sbruthach, †† -aiche, *a.* Ignifuous.
 teine-sionnachain, *s.m.* Ignis-fatuus. 2 Phosphorescence, luminous appearance on the sea, § Will-o'-the-wisp, Jack-o'-lantern. 4 The rainbow-like brightness seen in spindrift on a clear sunny day. 5† Whirlwind.
 teine-sithe, †† *s.m.* Wild fire.
 teine-thar, *s.m.* Cross-fire.
 teine-thionnachain, see teine-sionnachain.
 teinghidh, -ean, *s.m.* Meteor.
 teinidh, -e, *a.* see teinntidh.
 —, *dat.* of teine. 'Cur ri theinidh, *setting on fire—Arran, Mull, &c.*
 teinidh-dé, see teine-dealan & dearbadan-dé.
 teinis, ** *s.f.* Gaelic form of tennis.
 —chùirt, ** *s.f.* Gaelic form of tennis-court.
 teinn, -e, *a.* see tinn.
 teinn, -e, *s.f.* Sickness. 2 Distress, misery, calamity, predicament, strait. 3 Perplexity, jeopardy. 4 Haste, hurry. 5** Tronble, difficulty, hardship. Nach e bha 'na th. *! what a predicament he was in!* an aimsir carraid agus teinne, *in time of strife and distress*; t. mo chridhe, *my heart's grief*; ghlaodh iad 'nan t. *they cried in their trouble*.
 teinnbhealach, ** *a.* Perverse, obstinate, contumacious.
 teinn-chràid, *s.m.* Agony.
 teinn-deachd, * *s.f.* see teinnteachd.
 teinne, *s.f.* Tension, rigidity, severity. 2 see tinne.
 —, *comp.* of teann.

teinnead, -eìd, *s.f.* Degree of lightness.

teimnsneach, (MS) *a.* Hot.

teinnteach, -ich, *s.m.* Lightning. 2 see teanntachd.

—, *a.* Hot, fiery, fierce. 2**Inflammatory, combustible. 2**Impetuousness of temper. Mar àmhuinn theinntich, *like a fiery furnace.*

—d, *s.f.* Fieriness, fierceness. 2**Inflammatoriness, combustibility. 3(MS) Astingency.

teinntean, -ain, *s.m.* Hearth, fire-place. 2** Forge. 3**Furnace. 4††Peats laid out on the moss to dry. 5(CR) Fire-back, a stone placed as a back to the fire on the hearth in the middle of the floor—*W. of Ross*. Leac an teinntean, *the hearth-flag*. [†† gives teinteín as *nom.*]

teinnteanach, ** *a.* Having a fireplace, forge or furnace. 2 Of, or belonging to a fireplace, forge, furnace or hearth.

teinnteach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, a fireplace or hearth. 2 Having a fireplace or hearth.

teinntein, see teinntean.

teintidh, *a.* Fiery, hot. 2 Inflammatory. 3 Combustible. 4 Keen. 5 Hot-tempered, impetuous. Mar chaoiribh t. o' n chladach, *like fiery gleams from the beach.*

—eachd, see teinnteachd.

teinnteach, (MS) *a.* Hot.

teinnteach, -ich, *s.f. & coll.* Flashes of lightning. 2 Sparks of fire.

teinnteach, ** *a.* Fiery, combustible. 2 Hot-tempered.

tein-oidhech, see tein'-athair.

tein'-ghara, *s.m.* Will-o'-the-wisp—*Dàin Iain Ghobha*.

teintidh, (AF) *s.* Dragon.

teir, *ful. of v.* abair, see teir.

teirbeadh, see tearbadh.

teirbeirt, ** *s.f.* Bestowing, distributing. 3 Sending forth. 3 Scattering—*W. of Ross*. 4 Increase, growth. Air th. teine nan neul, *when clouds send forth their lightning.*

teirbheartach, * *v.a.* Harass, weary. 2 Distribute.—*Islay*.

—te, *past pt.* Worn, fatigued.

teirbhein, see teairbhean.

teirbheirt, *pr.pt. a'* teirbheart, *v.a.* Harass, stir on, cause to move. *Chà bhì coin 'gan teirbheirt ann, there shall be no dogs to stir them on—Dàin I. Ghobha.*

teirbheirt, †† -e, -ean, *s.f.* Fatigue.

—each, *a.* Fatigued. 2 Causing fatigue.

teirbheirteachadh, -aidh, *s.m.* Fatiguing, act of fatiguing. A' t—, *pr.pt.* of teirbheirtach.

teire, Chà teirich-san nach dearc air sin, *not few are they who will not gaze on that.*

teire, *a.* see teare.

teire, *s.f. ind.* Fewness, rareness, scarceness. 2 Poverty.

teire, *comp.* of teare. Scarcer, scarcest.

teireachd, * *s.f.* Fewness, rareness.

teireas, ** -eis, *s.m.* Fewness, scarceness.

teire-ìnealach, -aiche, *a.* Lean, meagre.

teiread, -eìd, *s.m.* Degree of scarcity, rareness, fewness or poverty. A réir teiread nam bliadhna, *according to the fewness of the years; a' dol an t., getting scarcer and scarcer.*

teireachduinn, *s.m.* Decaying, state of decaying or wasting. A' t—, *pr.pt.* of teirig.

teireadh, ** -idh, *s.m.* Recommendation.

teiric, (AC) *s.* Hake, herring-hake, herring eke or eek, (triangular frame with spikes on which herrings are hung up to dry.

teiridneach, *a.* Medicinal, having the power to

cure—*Sàr-Obair*. [eiridneach.]

teirig, *pr.pt. a'* teireachduinn, *v.a. & n.* Fail, be spent, be exhausted. 2 We-r out, spend, exhaust. 3 Go, repair to. 'Th. orn. all min' is run out; 'nuair a theiricas gual teirigidh obair, *when coals run out (sm. th. work is at an end; i. th. iad, they are done, consumed; t. ris, fight him, try him; cha' n e am bòrd a th. dhuit, ach am beagan fearainn, it was not the mould-board of the plough that would not work enough, but you had not enough land to plough; th. an sgeul, the tale was finished—an idiomatic way of finishing a tale; t. a steach d' a h-ionnsuidh, go in to her; t. mu'n chait, go round about; teirigeir air a ghluinean sig bonn na crannaige, he knelt at the foot of the pulpit; na t. a mach 'san oidhech, do not walk out at night; gus an t. an là, till the day comes to an end.*

teirigidh, *ful. aff. a.* of teirig.

teirigsinn, (MS) *s.* End.

teirig, *past pt.* of teirig.

teirinn, *pr.pt. a'* tearnach, *v.a.* Come or go down, descend. 2 Alight, di mount. 3(MS) Pitch.

teiris, ** *v.a. & n.* Tame, quiet, as unruly cattle.

2 Stop. 3 Be at peace.

teiris ! *int.* see tairis ! [teiris ! in *Poolwee.*]

teirisd ! *ind.* see tairis !

teirisi ! † see tairis !

teirm, * -ean, *s.f.* Thumb. 2** Term. 3 Condition.

4 Season, while. Air na teirmean sin, *on those terms; teirmean a' chùirt, law-terms.*

teirmeag, -isg, *s.m.* Mistake, mishap, misfortune. T. ort ! *a plague on thee !*

teirmeag, ** *v.* Disappoint.

—ach, -aiche, *a.* Unfortunate.

teirm-ghéill, ** *s.* Capitulation.

teirm-stroichd, ** *s.* Capitulation.

teirt, ** *s.f.* Sunrise.

téis, -e, -ean, *s.f.* Musical air, air to which any song or poem is sung. 2 Sound. 3 Diligence.

Bu ghrinn thu 'thogail na téise, *you were good at raising a strain.*

teisbeirt, ** (suppl.) see teirbeirt.

teiseas, see teisteas.

teir-meid, -e, -ean, *s.f.* see tiomnadh. Dèan do th., *make your will.*

teis-meadhon, -oin, *s.m.* Exact middle.

—ach, -aiche, *a.* Central, central,

2 Of, or belonging to, a centre.

teisreadh, (AC) *s.m.* Protecting. T. taighe, *house protecting—an invocation.*

teist, -e, -ean, *s.f.* Testimony, proof. 2 Character, reputation, esteem, respectability. Nach leig a th. air chall, *who will not suffer his fame to be bandied with.*

†† teist, ** *s.m.* Witness. 2 Drop.

—eachadh, (MS) *s.m.* Approbation, attestation, recommendation.

—eachd, ** -idh, *s.m.* Defection. 2 Falling off.

—ealachd, *s.f.* State of holding a good reputation. 2 Fame, reputation, esteem. 3 Authority. 4* Respectability.

—eanas, -ais, -an, *s.m.* Certificate, witness, report, attestation, testimonial, evidence, reputation, testimony.

—eas, -eis, *s.m.* Testimony. T. Dhé, *the testimony of God.*

teistail, -e, *a.* Respectable, esteemed. 2 Reputable, unblemished. 3 Chaste, pure, having a good character. Gu t., *chastely.*

teistich, (MS) *v.a.* Attest.

teith, see teth.

teith, *v.n.* see teich.

teithneas, ** -ais, *s.m.* Haste.

—ach, *a.* Hasty, in haste.

teò, *pr.pt. a'* teòdhadh & a' teòsaim, *v.a.* Warm,

make warm. 2 Simmer. 3 Air. 4 Glow with delight or affection. Cha do th. mi riamh ri the, *I never had any affection for her.*
teò-chridheach, -aiche, *a.* Warm-hearted, affectionate, compassionate.

—d, *s.f.* Affectionateness. 2 Kindness, clemency.

teòdh, *v.* see teò.

teòdhadh, -aidh, *s.m.* Warming. act of making warm. 2* Simmering. 3* Glowing with love, feeling affection for. 4 Chafing. A' t—, *pr. pt.* of teò.

teòdhaich, *v.a.* see teò.

teòdhaichte, *past pt. & a.* Warmed.

teòghadh, see teòdhadh.

teò-ghràdhach, -aiche, *a.* see teò-chridheach.

teòidh, *v.* see teò.

—te, *past pt.* of teò. Warmed. 2* Simmered.

teòigh, (M^S) *v.a.* Bake.

teòilteach, ** *a.* Warm-hearted.

teòitachan, ** *s.m.* Chafing-dish, warming-pan.

teòithe, *comp.* of teòth. see teòtha.

—ad, -id, *s.m.* Degree of heat, see teòthadh.

Teòiridh, *s.* Trinity.

teòis, *s.m.* Plenty. 2 Substance. 3 Thief.

teòitachd, *s.f.* Goodwille—*See Obair.*

teòma, (A^C) *s.* Dole. T. eagir, *a small dole*; t. éig, *a dole of fish*; t. an t-sionnach, *bride of the fox*; cho tointe ri t. an t-sionnach, *as twisted as the fox's girth.*

teòma, *v.* see teum.

teòma, *a.* Skillful, expert, adept, active, dexterous. 2 Apt, ready, quick. 3 Correct, performing anything correctly. 4 Shrewd. 5** Clever. T. an cogadh, *expert in war.*

teòmach, ** *a.* see teòma.

—d, *s.f.* Expertness, skillfulness, activity, dexterity or proficiency in anything. 2 Aptness, readiness. 3 Shrewdness. 4 Manhood. 5 Address. 6** Cleverness. An gaisge is an t. in *valour and in manhood.*

teòmadh, -aidh, -aidheas, see teòmadh. 2(DC) *s.m.* Splice of a rope, stick, &c.

teòm-chridheach, ** *a.* Tender-hearted, compassionate, affectionate.

—d, ** *s.f.* Tender-heartedness, compassionateness. 2 Affectionateness.

teòr, -oir, *s.m.* Mark, limit. 2 Sign, token, see tiur.

teòra, (M^S) *a.* Coarse. 2 *s.m.* Bourn. 3(MM^CL) Three. An Teòra Bheannaichte, *the Blessed Trinity*; t. pòg, *three kisses.*

teòradh, ** *s.m.* Stint.

teòran, ** *s.m.* Mark.

